



Aithisg air a' Cheist Mhòir aig Cosgais an Latha Sgoile

Beachdan cloinne is dhaoine òga air biadh, tursan sgoile agus a bhith deiseil airson ionnsachadh


Ògmhios 2024



Prìomh phuingeann

- Sa Cheist Mhòir aig Cosgais an Latha Sgoile aig a' Bhuidhinn-ghnìomh airson Bochdainn Cloinne (BGBC) ann an Alba, bhathar a' faighneachd mu bhiadh, tursan agus dè tha a dhìth airson a bhith deiseil airson ionnsachadh san sgoil. Fhuaras freagairtean bho 5,394 de chloinn is daoine òga bho 83 sgoiltean bho air feadh dà thrìan de dh'ùghdarrasan ionadail na h-Alba.
- Bidh diofar rudan a' cuideachadh clann is dhaoine òga le bhith a' faireachdainn gu bheil iad deiseil airson ionnsachadh. Tha cuid a rudan co-cheangailte ri feumalachdan bunaiteach san dachaigh, agus tha cuid eile a' buntainn ri àrainneachd is cultar na sgoile, an dàimh a th' aig clann ri daoine eile, structair an latha sgoile, ionnsachadh is teagasg, cothroman gus pàirt a ghabhail agus cothroman air goireasan is biadh.
- Bidh teachd-a-steach an teaghlaich a' toirt buaidh air tòrr rudan a chuidicheas daoine òga gu bhith deiseil airson ionnsachadh - rudan leithid cadal, dachaighean blàtha, èideadh-sgoile, biadh, gun a bhith fo dhragh is fo uallach, goireasan agus comasach air cothroman a ghabhail. Tha sin a' ciallachadh gu bheil cunnart ann gum bi daoine òga bho dhachaighean aig a bheil teachd-a-steach ìosal nas buailtiche a bhith às aonais na taice is nan nithean a tha gan cuideachadh gu bhith deiseil airson ionnsachadh.
- Tha daoine òga ag ràdh gur iad biadh, èideadh-sgoile, siubhal, goireasan, uidheamachd agus tursan na cosgaisean sgoile as cudromaiche dhaibh nuair nach urrainn dhaibh am pàigheadh.
- Tha 97% de na daoine òga a fhreagair ag ràdh gu bheil biadh glè chudromach no cudromach nuair a thig e gu bhith a' faireachdainn gu bheil iad deiseil airson ionnsachadh. Tha iad ag ràdh gu bheil acras a' toirt buaidh mhòr air ionnsachadh agus na comasan aca gus aire a thoirt do dh'obair-sgoile, agus bidh e gam fàgail sgèth agus tinn agus bidh iad air an nàrachadh leis an acras agus bidh iad a' faireachdainn gu bheil iad air am fàgail a-mach.
- Bidh tòrr sgoiltean a' toirt taic fìor chudromach seachad a thaobh biadh, ach tha diofar ìrean de thaic ann. Thuirt daoine òga gu bheil cothroman ann gus taic chunbhalach nàiseanta a stèidheachadh, leithid tro bharrachd maoineachaidh do sgoiltean airson a bhith a' solar biadh, barrachd taice ionmhasail do theaghlaichean, prìsean nas ìsle agus conaltradh nas fheàrr a thaobh biadh-sgoile an-asgaidh. Tha iad gu mòr airson gum bi biadh-sgoile an-asgaidh dhan a h-uile neach (BAUN). Thuirt 89% de chloinn bun-sgoile a fhreagair gun robh an gealladh aig an riaghaltas a thaobh BAUN airson P1-P7 glè chudromach no cudromach. B' e am moladh a bu chumanta a rinn luchd-ionnsachaidh àrd-sgoile dhan riaghaltas gum bu chòir biadh-sgoile an-asgaidh a bhith ann.
- Tha turasan sgoile cudromach do dhaoine òga. Le tursan gheibh daoine òga cothroman prìseil eòlas a chur air rudan ùra, spòrs a bhith aca agus cothroman ionnsachaidh. Tha iad a' cuideachadh dhaoine òga gu bhith a' faireachdainn gu bheil iad mar phàirt dhen sgoil agus air an gabhail a-staigh. Airson cuid a dhaoine, gheibh iad cothroman le tursan nach fhaigh iad aig an taigh.
- Mura h-urrainn do dhaoine òga falbh air turas, tha iad a' faireachdainn brònach agus gu bheil iad air am fàgail a-mach. Bidh iad a' call chothroman ionnsachaidh is chothroman gus eòlas a chur air rudan ùra. A rèir 48% dhen chloinn a fhreagair, cha robh iad a' smaoineachadh, no cha robh iad cinnteach, gum b' urrainn dhan a h-uile duine san sgoil aca falbh air turas mòr leithid an turais-chòmhnaidhich airson P7.

- Bidh sgoiltean a’ toirt taic luachmhor seachd do sgoilearan gus falbh air tursan, ach, coltach ri biadh, tha diofar ìrean de thaic ann. Thuit tòrr de na daoine òga a fhreagair nach robh fios aca air an t-seòrsa taice a gheibhear san sgoil aca.
- Am measg nan rudan a bu chumanta a thog daoine òga a thaobh taic bhon riaghaltas airson tursan bha: maoineachadh gus sgoiltean a chuideachadh le bhith a’ cumail thursan ann an dòigh chothromach agus gus dèanamh cinnteach nach bi daoine air an nàrachadh, fo iomagain agus air am fàgail a-mach, agus barrachd taice do theaghlachan fhèin gus an urrainn dhaibh pàigheadh airson tursan is cosgaisean sgoile eile.
- Tha Molaidhean Matha aig daoine òga a thaobh mar a ghabhas an sgoil aca a dhèanamh nas co-ionainn is nas in-ghabhalaiche airson a h-uile neach. Bha grunn mholaidhean ann a thaobh BAUN, dòighean taic a thoirt do dhaoine nach bi gam fàgail fo stiogma, barrachd maoineachaidh do sgoiltean gus cosgaisean a lùghdachadh, tursan sgoile an-asgaidh no nas saoire agus conaltradh math mun taic a gheibhear.
- Tha beachdan dhaoine òga cudromach do dhiofar luchd-ùidhe a tha ag obair gus bochdainn cloinne a lùghdachadh, a’ bheàrn eadar ìrean-coileanaidh a lùghdachadh agus gus builean nas fheàrr fhaighinn do chloinn is daoine òga air a bheil bochdainn a’ toirt buaidh. Ann am Pàirt 8 dhen aithisg, thathar a’ sealltainn mar a thathar ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba cumail ris na geallaidhean aca a thaobh biadh-sgoile an-asgaidh dhan a h-uile neach, barrachd taice mu choinneimh thursan is uidheamachd agus a bhith a’ lùghdachadh bochdainn cloinne san fharsaingeachd. Thathar cuideachd ag iarraidh air ùghdarrasan ionadail, sgoiltean agus buidhnean foghlaim èisteachd ris na tha clann is daoine òga ag innse dhuinn agus gnìomhan a dhèanamh mu choinneimh thoraidhean na h-aithisge seo.



Dealbh le Lois Amusan, Àrd-sgoil Holyrood, Glaschu

Clàr-innse

1.	Bun-fhiosrachadh.....	5
2.	Cò na cosgaisean sgoile as cudromaiche mura h-urrainn dhut pàigheadh air an son?	7
3.	Dè bhios a' cuideachadh dhaoine òga a bhith deiseil airson ionnsachadh san sgoil?	11
4.	Dè bhios daoine òga ag ràdh mu bhiadh san sgoil?	21
5.	Dè bhios daoine òga ag ràdh mu thursan sgoile?	33
6.	Molaidhean Matha a thaobh Cosgais an Latha Sgoile.....	47
7.	Co-dhùnidhean.....	51
8.	Dè a-nis? An ath cheum	53



Dealbh bho Bhun-sgoil Ghleann Iucha

1. Bun-fhiosrachadh

Aig a' Bhuidhinn-ghnìomh airson Bochdainn Cloinne (BGBC) ann an Alba, tha sinn dhen bheachd gum bu chòir ealla a ghabhail ri beachdan cloinne is dhaoine òga gus piseach a thoirt air poileasaidhean foghlaim is bochdainne. Bidh bochdainn a' dèanamh cron air a' chòir a th' aig clann air foghlam agus 's iad clann a bu chòir a bhith an teismeadhan chùisean nuair a thig gu bhith a' dealbh poileasaidhean sna raointean seo.

Rè Seachdain Iomairt na Bochdainne 2023 chuir sinn airson a' chiad uair riamh A' Cheist Mhòir aig Cosgais an Latha Sgoile agus sinn a' cur cheistean air clann is daoine òga bhon lìonra againn, Guthan Cosgais an Latha Sgoile.¹

Cò mu dheidhinn a bha na ceistean?

Bha a' Cheist Mhòir a' cur cheistean air daoine òga mu bhiadh, tursan agus na tha dhìth orra gus am bi iad deiseil airson ionnsachadh san sgoil.

Bhruidhinn sinn air biadh is tursan, seach gum bi an dà phàirt sin de shaoghal na sgoile gu tric air an ainmeachadh mar rudan a tha doirbh do dhaoine òga bho dhachaighean le teachd-a-steach ìosal. 'S iad sin cuideachd raointean poileasaidh a gheall Riaghaltas na h-Alba dhan toireadh iad taic ionmhasail ann an teirm na pàrlamaid seo. Dh'fhaighnich sinn de chloinn is daoine òga mu bhith deiseil airson ionnsachadh gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air a' bhuaidh a th' aig cosgaisean is teachd-a-steach air sin dhaibh. Dh'iarr sinn air daoine òga Molaidhean Matha a thoirt dhuinn a thaobh Cosgais an Latha Sgoile a chuidicheadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum biodh na sgoiltean aca agus àiteachan eile ann an Alba mothachail air bochdainn agus nan àiteachan far an urrainn dhan a h-uile neach pàirt a ghabhail ann an cùisean, às bith dè an teachd-a-steach a th' aca no a th' aig an teaghlach aca.

Mar a chuir sinn na ceistean

Chaidh a' Cheist Mhòir a chumail tro Mentimeter ann am Beurla agus Gàidhlig. Fhreagair clann an dàrna cuid ceistean airson ìre na Bun-sgoile no ìre na h-Àrd-sgoile. Fhuair luchd-teagaisg notaichean-taice agus chaidh iarraidh orra taic a chumail ris na buidhnean aca leis a' Cheist Mhòir agus le bhith a' bruidhinn air na prìomh phuingeann. Chaidh iarraidh air daoine òga bhòtadh agus ceistean a fhreagairt air uidheaman fa-leth.

Chaidh caractaran, Somhairle/Seonag, a chleachdadh san dà thionndadh dhen Cheist Mhòir. Chaidh a ràdh gun robh iad a' dol dhan sgoil aig na daoine a bha a' gabhail pàirt agus gun robh teachd-a-steach ìosal aig a t(h)eaghlach. Chaidh iarraidh air luchd-freagairt beachdachadh air suidheachadh Shomhairle/Seonaig a thaobh nam prìomh cheistean. Chaidh seo a dhèanamh gus am b' urrainn do dhaoine òga bho dhachaighean le teachd-a-steach ìosal ceistean a fhreagairt gun a bhith a' bruidhinn mun t-suidheachadh aca fhèin, agus gus daoine eile a chuideachadh le bhith a' smaoinichadh air cùisean a rèir an t-suidheachaidh aig Somhairle/Seonag ged nach robh eòlas aca fhèin air leithid a shuidheachadh.

Cò bhuaithe a chuala sinn?

- Ghabh 5,394 de chloinn is daoine òga pàirt sa Cheist Mhòir aig Cosgais an Latha Sgoile
- Ghabh 83 sgoiltean pàirt innte - 52 Bun-sgoiltean agus 31 Àrd-sgoiltean

¹ 'S e a th' ann an [Guthan Cosgais an Latha Sgoile](#) lìonra nàiseanta de chloinn is daoine òga a bhios a' dèanamh rudan mu chosgaisean sgoile agus co-ionannachd. Tha 300 sgoil bho air feadh Alba san lìonra.

- Fhreagair sgoiltean bho dhà thrìan de dh'ùghdarrasan ionadail na h-Alba (21) a' Cheist Mhòir. Fhuaras còrr is 500 freagairt an urra bho chòig ùghdarrasan ionadail – Fìobha, Lodainn an Iar, Siorrachd Dhùn Breatann an Iar, Lodainn an Ear agus Glaschu.
- Ghabh barrachd Bhun-sgoiltean seach Àrd-sgoiltean pàirt, ach fhuaras 87% (4,667) de na freagairtean bho oileanaich Àrd-sgoile. Bha àrd-sgoiltean na bu bhuailtiche iarraidh air àireamh àrd de dhaoine òga pàirt a ghabhail aig amannan cruinneachaidh no amannan 'oide'. Bha bun-sgoiltean na bu bhuailtiche a' Cheist Mhòir a chur air buidhnean Cosgais an Latha Sgoile nas lugha no bhiodh iad a' toirt seachad freagairt as leth na buidhne an àite a bhith ag iarraidh air gach pàiste freagairt a thoirt seachad.

Cò air a tha sinn ag iarraidh ealla a ghabhail ris na toraidhean seo?

Tha sinn airson gum bithear a' dèanamh ghnìomhan aig ìre na sgoile agus aig ìre ionadail is nàiseanta mar thoradh air freagairtean na cloinne is nan daoine òga.

Tha sinn airson gum èist luchd-oideachaidh ri beachdan dhaoine òga a thaobh na tha dhìth gus sgoiltean is seòmraichean-teagaisg a chruthachadh a chuidicheas iad a bhith deiseil airson ionnsachadh, agus a bhith comasach air biadh math ithe san sgoil agus a bheir cothrom dhaibh air tursan tlachdmhor, togarrach is cothrom eòlas inntinneach is luachmhor a thogail. Dè na dòighean-obrach matha a tha gan cur an sàs an-dràsta agus dè eile a ghabhas dèanamh?

Dhaibhsan a tha ag obair aig ùghdarrasan ionadail, dè na gnìomhan a tha dhìth gus dèanamh cinnteach gum tèid deagh mhodhan-obrach a chur an sàs gu cunbhalach aig ìre ionadail? Ciamar as urrainnear taic a thoirt do sgoiltean gus cur às do bhacaidhean ionmhasail a tha mar chnap-starra do chloinn is teaghlaichean nuair a thig e gu foghlam?

Tha sinn airson gum beachdaich Riaghaltas na h-Alba air na tha daoine òga ag innse dhuinn a bu chòir tachairt gus dèiligeadh ri cosgaisean a tha ag adhbhrachadh chnapan-starra agus air mar a tha na poileasaidhean is co-dhùnaidhean a tha iad a' dèanamh thaobh ionmhas a' co-fhreagairt air beachdan nan daoine òga. Càite a bheil na beàrnan? Dè eile a ghabhas dèanamh gus dèanamh cinnteach gum bi clann is daoine òga deiseil airson ionnsachadh agus gum bi an aon cothrom aig a h-uile duine-cloinne air feadh Alba pàirt a ghabhail san sgoil, às bith dè an teachd-a-steach a th' aig an teaghlach aca? Agus nuair a chaidh geallaidhean a dhèanamh a thaobh phoileasaidhean mu thràth, ciamar a ghabhas an coileanadh?

2. Cò na cosgaisean sgoile as cudromaiche mura h-urrainn dhut pàigheadh air an son?

Dh'innis daoine òga dhuinn cò na cosgaisean sgoile as cudromaiche dhaibh nuair a tha doirbh pàigheadh air an son. Faodaidh na toraidhean cuideachadh le prìomhachasan nuair a thathar a' planadh airson mar a bheirear lùghdachadh air cosgais an latha sgoile.

Chaidh taghadh de chosgaisean sgoile a shealltainn do na daoine òga, cosgaisean a dh'fhaodas uallaichean ionmhasail fhàgail air daoine agus stad a chur air daoine bho bhith a' gabhail pàirt. Dh'iarr sinn orra smaoineachadh air dè tha dhith orra san sgoil agus na còig cosgaisean as cudromaiche a roghnachadh airson Somhairle/Seonag, daoine òga le teachd-a-steach ìosal, mura h-urrainn dhaibh pàigheadh air an son.

Clàr 1: Na cosgaisean sgoile as cudromaiche mura h-urrainn dhut pàigheadh air an son (4,912 luchd-freagairt: 631 Bun-sgoil, 4,281 Àrd-sgoil)

Roghainn	Bun-sgoil	Roghainn	Àrd-sgoil
Èideadh-sgoile	91%	Biadh	93%
Biadh	89%	Èideadh-sgoile	87%
A' siubhal dhan sgoil	68%	A' siubhal dhan sgoil	75%
Goireasan	57%	Goireasan	74%
Tursan	39%	Uidheamachd	47%
Làithean carthannais is a' togail airgead	23%	Tursan	29%
Dannsaichean is cuirmean	17%	Cosgaisean a bharrachd airson cuid a chuspairean	20%
Uidheamachd	13%	Dannsaichean is cuirmean	18%
Clubaichean	13%	Clubaichean	12%
		Làithean carthannais is a' togail airgead	10%

Dh'aontaich oileanaich Bun-sgoile agus Àrd-sgoile gur iad Biadh is Èideadh-sgoile as cudromaiche. 'S iad sin a dhà de na cosgaisean as motha a th' aig teaghlaichean. Mura h-eil èideadh-sgoile ceart ort, dh'fhaodadh sin d' fhàgail fo stiogma no gun tèid do pheanasachadh. Faodaidh acras buaidh mhòr a thoirt air daoine san sgoil, thèid beachdachadh air sin ann am barrachd doimhneachd ann am Pàirt 4 dhen aithisg seo.

Co-theacsa a thaobh phoileasaidhean bìdh: Rinn Riaghaltas na h-Alba leudachadh air biadh-sgoile an-asgaidh dhan a h-uile neach (BAUN) gu bhith a' gabhail a-steach P1-P5 ann an 2021 le gealladh aca a leudachadh a-rithist gu P6-P7 ann an 2022. Chaidh dàil a chur air sin, agus planaichean ann a-nis gus biadh an-asgaidh a thabhann bhon Ghearran 2025 do sgoilearan P6 is P7 bho theaghlaichean a tha a' faighinn Sùim Albannach airson Pàiste, agus biadh an-asgaidh a thabhann dhan a h-uile sgoilear bun-sgoile ann an 2026. Chan eil planaichean ann an-dràsta gus an sgeama seo a leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach Àrd-sgoiltean.

Tha biadh-sgoile an-asgaidh (BSA) airson P6-ÀS6 ri fhaotainn a rèir teachd-a-steach gach pàiste.² A rèir àireamhan bho 2021 tha coltas ann, fo na slatan-tomhais dligheachais a th' ann an-dràsta, gu bheil 25,000 sgoilear ann (17%) dhen fheadhainn a tha ann am bochdainn ann an Alba aig nach eil a' chòir air biadh-sgoile an-asgaidh.³ Bidh teaghlaichean nach fhaigh BSA a' pàigheadh airson biadh-sgoile, agus sin a' cosg eadar £380 is £598 gach bliadhna airson gach pàiste a rèir cò an t-ùghdarras ionadail sa bheil an sgoil aca.⁴

Co-theacsa a thaobh èideadh-sgoile: Tha Riaghaltas na h-Alba gu bhith a' foillseachadh stiùireadh nàiseanta air poileasaidhean airson èideadh-sgoile ann an 2024, agus bidh pàirt de sin a' dèiligeadh ri cosgaisean agus a' coimhead air mar a ghabhas cosgaisean èididh a lùghdachadh do theaghlaichean. An-dràsta gheibhear £120 gach bliadhna airson sgoilear Bun-sgoile agus £150 gach bliadhna airson sgoilear Àrd-sgoile leis an tabhartas aodaich sgoile. Tha an taic sin ga tabhann a rèir teachd-a-steach agus air a toirt seachad le ùghdarrasan ionadail, agus mar as trice tha na slatan-tomhais dligheachais coltach ris an fheadhainn airson BSA.

B' e a' siubhal dhan sgoil an treas cosgais a bu chudromaiche, a dh'aindeoin 's gu bheil siubhal air bus an-asgaidh airson a h-uile duine fo 22 ann an Alba.

Co-theacsa a thaobh poileasaidhean siubhail: Bhon Fhaoilleach 2022, tha cothrom air a bhith aig a h-uile duine fo 22 siubhal an-asgaidh air bus ann an àite sam bith ann an Alba, agus b' e pàirt dhen adhbhar airson an sgeama sin dèiligeadh ris mar a bhios cosgaisean a' cur stad air daoine bho bhith a' cleachdadh bus airson siubhal gu ionad foghlaim. A rèir sgrùdaidhean air a' chiad bhliadhna⁵, bha àrdachadh beag san àireimh de dhaoine a chleachd bus gus siubhal dhan sgoil ann an 2022 an coimeas ri bliadhnaichean eile. Ge-tà, bha eadar-dhealachaidhean mòra ann eadar ùghdarrasan ionadail a thaobh dhaoine a chleachd bus. Tha cnapan-starra ann fhathast a thaobh mar a thèid an sgeama a chur an sàs, ann an sgìrean far nach eil seirbheisean freagarrach ann agus a thaobh clann Bun-sgoile a bhios a' siubhal le pàrant no neach-cùraim a dh'fheumas pàigheadh fhathast.

B' e goireasan airson cuideachadh le ionnsachadh san sgoil agus san dachaigh an ceathramh cosgais a bu chudromaiche do chloinn is daoine òga. Bidh cuid a sgoiltean a' toirt seachad a h-uile càil a tha a dhìth agus bidh cuid eile ag innse cò na goireasan a tha a dhìth. Do dhaoine òga, bidh na th' ann de ghoireasan riatanach a th' aca, agus a' bhuaidh a bhios aig sin orra, uaireannan an crochadh air dè cho mothachail 's a tha an sgoil aca air bochdainn.

Roghnaich 20% de dhaoine òga 'cosgaisean a bharrachd airson cuid a chuspairean' mar chosgais chudromach. Tha sin inntinneach, oir chaidh cur às do chosgaisean curraicealaim ann an Alba. Tha uidheamachd cudromach, gu h-àraidh do dh'oileanaich Àrd-sgoile: roghnaich 47% dhiubh sin mar aon na 5 prìomh chosgaisean sgoile.

² Gus biadh-sgoile an-asgaidh fhaighinn, feumaidh pàrant no neach-cùraim an sgoileir a bhith a' faighinn creideas coitcheann (agus iad a' cosnadh £726 no nas lugha sa mhìos mheasaidh mus cuir iad iarrtas a-steach), Creideas Cise Cloinne agus teachd-a-steach nas lugha na £18,725 aca, Creideas Cise Cloinne/Creideas Cise Neach-obrach agus teachd-a-steach nas lugha na £8,717 aca, taic teachd-a-steach, cuibhreann neach-siridh obrach a rèir teachd-a-steach, cuibhreann cosnadh is taice a rèir teachd-a-steach no taic comraiche bho Oifis na Dùthcha.

³ [Lòn Ceart: Adhbharan gus biadh-sgoile an-asgaidh a thabhann do bharrachd dhaoine](#). A' Bhuidheann-ghnìomh airson Bochdainn Cloinne, 2021

⁴ Prìsean stèidhichte air £2 gach latha ann an Glaschu agus £3.15 gach latha ann an Siorrachd Lannraig a Tuath thar 190 latha sa bhliadhna san sgoil.

⁵ Còmh-dhail Alba. [Measadh air bliadhna 1 – Sgeama Bus An-asgaidh do Dhaoine Òga | Còmh-dhail Alba](#) 2023

Co-theacsa a thaobh phoileasaidhean airson ghoireasan is uidheamachd: Bho 2021, tha maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba a' ciallachadh gum bu chòir gun deach cur às do chosgaisean airson ceòl, na h-ealain agus am bun-churraicealam anns a h-uile sgoil.

Ann an 2021, chuir Riaghaltas na h-Alba romhpa gum biodh cothrom aig a h-uile duine dhen 700,000 sgoilear aig aois-sgoile ann an Alba air uidheam dhidseatach fhreagarrach, ro dheireadh an t-seisein seo de Phàrlamaid na h-Alba, agus gum biodh cothrom aca, nuair a bhiodh feum, air ceangal eadar-lìn mar thaic dhan ionnsachadh aca.⁶ Thuirt Iain Swinney aig an àm: “Chan eil na h-uidheaman seo mar ghoireasan a bharrachd tuilleadh, tha iad riatanach ma tha thu ag iarraidh foghlam math fhaighinn.”⁷ Thathar air suas ri 280,000 uidheam a thoirt do luchd-ionnsachaidh air feadh Alba. Chaidh an gealladh a thaobh uidheaman didseatach dhan a h-uile duine atharrachadh san Dùbhlachd 2023. Tha planaichean ann a-nis gus taic airson chothroman didseatach a thoirt seachad aig ìre na dachaigh, bithear a' toirt taic do theaghlaichean le clann aig nach eil cothroman didseatach mar a bu chòir. Leis an dòigh-obrach seo thathar ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd chothroman ann a thaobh uidheaman airson teaghlaichean an àite dìreach na sgoilearan fhèin.

B' e tursan sgoile an còigeamh cosgais sgoile a bu chudromaiche. Tha diofar sheòrsaichean turais ann le cosgaisean eadar-dhealaichte, ach tha daoine òga gu soilleir dhen bheachd gu bheil iad cudromach dhan ionnsachadh aca, do am math fhèin, agus do mar a thig iad air adhart. Thathar a' coimhead air tursan ann am Pàirt 5 dhen aithisg seo.

Co-theacsa a thaobh phoileasaidhean airson tursan: Ann am manifesto an SNP ann an 2021⁸ chuir iad romhpa taic a thoirt do sgoiltean le bhith a' cur thursan, thachartasan is ghnìomhan air dòigh far a bheil a h-uile neach air an gabhail a-steach, agus iad a' dèanamh cinnteach nach bi cosgaisean ann do theaghlaichean nach eil cho beairteach airson thursan, thachartasan is ghnìomhan co-cheangailte ris a' churraicealam, agus le bhith a' dèanamh cinnteach gun urrainn dhan a h-uile sgoilear a dhol air tursan a tha mar phàirt de 'shlighe na h-òige' leithid tursan-còmhnaidheach P7 agus gum bi cothrom aig a h-uile sgoilear àrd-sgoile air, co-dhiù, aon turas 'roghnach' san ùine a tha iad san sgoil. Ann am Prògram an Riaghaltais 2021-22 gheall iad gun dèanadh iad cinnteach, rè ùine na Pàrlamaid seo, gum b' urrainn dhan a h-uile sgoilear bun-sgoile is àrd-sgoile a dhol air tursan is tursan-còmhnaidheach co-cheangailte ris a' churraicealam.⁹

Tha e feumail do sgoiltean a bhith mothachail air na còig prìomh chosgaisean sgoile as cudromaiche do chloinn is daoine òga nuair a tha iad a' cur prìomhachas air gnìomhan a thaobh Cosgais an Latha Sgoile. Ge-tà, tha cosgaisean eile cudromach cuideachd – mar eisimpleir, thuirt cha mhòr cairteal de chloinn Bun-sgoile (23%) gun robh Làithean Carthannais is a' Togail airgead air aon de na cosgaisean a bu chudromaiche dhaibh agus thuirt 18% de sgoilearan Àrd-sgoile gun robh Dannsaichean is Cuirmean am measg nan còig cosgaisean a bu chudromaiche dhaibhsan.

Faodaidh cosgais sam bith a bhith doirbh do theaghlaichean le teachd-a-steach ìosal agus tha gach pàirt dhen latha sgoile cudromach. Bu chòir beachdachadh air gach pàirt dhen latha sgoile anns am bi e nas duilghe, 's dòcha, do neach òg bho dhachaigh le teachd-a-steach ìosal pàirt a ghabhail.


⁶ Riaghaltas na h-Alba, [Uidheaman airson 700,000 duine-cloinne 16 Lùnastal 2021](#) 2021

⁷ Partaidh Nàiseanta na h-Alba, [Coimpiutair-uchd no tablaid airson gach sgoilear: gealladh Iain Swinney do #SNP21 28 Màrt 2021](#) 2021

⁸ Partaidh Nàiseanta na h-Alba, [Manifesto an SNP 2021: Alba san Àm ri Teachd, Roghainn do dh'Alba — Partaidh Nàiseanta na h-Alba](#) 2021

⁹ Riaghaltas na h-Alba, [Prògram an Riaghaltais 2021 gu 2022, 7 Sultain 2021](#) 2021

Ìomhaigh 1: Ìomhaigh de chleòc Cosgais an Latha Sgoile bhon Ghoireas aig Cosgais an Latha Sgoile, goireas làn ghnìomhan a chuidicheas sgoiltean gus dèiligeadh ri cnapan-starra co-cheangailte ri cosgaisean. Goireasan Cosgais an Latha Sgoile: www.cpag.org.uk/cost-school-day.



3. Dè bhios a' cuideachadh dhaoine òga a bhith deiseil airson ionnsachadh san sgoil?

Dh'iarr sinn air clann is daoine òga innse dhuinn dè bhios gan cuideachadh a bhith deiseil airson ionnsachadh san sgoil. Thathar a' faighinn tuigse phrìseil bho na freagairtean aca air a' bhuaidh a th' aig cosgaisean is teachd-a-steach air mar a bhios daoine deiseil airson ionnsachadh, agus air na bhios a dhìth taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile gus cur às do chnapan-starra.

Dèan cinnteach gu bheil a h-uile duine cofhurtail ann an àrainneachd na sgoile, dèan cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile bliadhna air taic airson stuthan pàipeir, aodach msaa, agus dìreach èist riutha, seall dhaibh gu bheil taic ann dhaibh. (Àrd-sgoil)

Biadh ri ithe, àite sàbhailte airson ionnsachadh, sgoilearan is tidsearan còire. (Bun-sgoil)

Cha bhi thu fo anacothrom ri linn nan rudan air a bheil, no air nach eil, cothrom agad. Co-ionannachd chothroman agus tha gach goireas agad. (Àrd-sgoil)

Rinn daoine òga taghadh eadar deich roghainnean a dh'fhaodadh an cuideachadh le bhith a' gabhail pàirt, a' frithealadh, a dh'fhaodadh cuideachadh le misneachd is math dhaoine¹⁰ agus an cuideachadh le bhith deiseil airson ionnsachadh san sgoil.¹¹

B' iad na prìomh roghainnean aca: gun a bhith sgìth no fo uallach, gum bi na goireasan aca a tha a dhìth orra airson ionnsachadh, gun urrainn dhaibh pàirt a ghabhail anns na h-aon rudan ri càch agus gum bi inbhich ann a dh'èisteach riutha agus a tha a' smaoinichadh gu bheil na beachdan aca cudromach.

Clàr 2: Dè na rudan a chuidicheas tu fhèin a bhith deiseil gus ionnsachadh? (4,522 luchd-freagairt, 576 Bun-sgoil, 3,946 Àrd-sgoil)

Roghainn	Bun-sgoil	Roghainn	Àrd-sgoil
Gun a bhith sgìth no fo uallach	81%	Gun a bhith sgìth no fo uallach	84%
A' faireachdainn gu bheil inbhich ag èisteachd riut agus gu bheil na chanas tu cudromach	71%	Gum bi pinn, peansailean is rudan eile a tha dhìth ort sa chlas agad	71%
Gun urrainn dhut pàirt a ghabhail sna h-aon rudan a nì do charaidean is sgoilearan eile san sgoil	64%	Gun urrainn dhut pàirt a ghabhail sna h-aon rudan a nì do charaidean is sgoilearan eile san sgoil	53%
Gum bi pinn, peansailean is rudan eile a tha dhìth ort sa chlas agad	61%	A' faireachdainn gu bheil inbhich ag èisteachd riut agus gu bheil na chanas tu cudromach	48%
Gheibh thu taic bho do phàrantan no luchd-cùraim no teaghlach	58%	Tha uidheaman agam san sgoil, leithid tablaidean is coimpiutairean	46%
Tha inbheach san sgoil ris am faod thu bruidhinn	47%	Gheibh thu taic bho do phàrantan no luchd-cùraim no teaghlach	41%

¹⁰ Tha [A' Dèiligeadh ris a' Bheàrn eadar Ìrean-coileanaidh ri linn Bochdainn – Ar Teòraidh gus Cùisean Atharrachadh](#) a' coimhead air a' cheangal eadar a bhith deiseil airson ionnsachadh agus mar a bhios clann is daoine òga a' gabhail pàirt, a' frithealadh, agus misneachd is math na cloinne san sgoil

¹¹ Riaghaltas na h-Alba, tha [Measadh air Maoin Coileanaidh na h-Alba – deiseil airson ionnsachadh: aithisg-mheasaidh chuspaireil 27 Màrt 2024](#) a' coimhead air cùisean ann am barrachd doimhneachd

'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an tursan	31%	'S urrainn dhomh an sgoil a ruighinn aig an àm cheart	35%
'S urrainn dhomh an sgoil a ruighinn aig an àm cheart	28%	'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an tursan	31%
'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an spòrs is clubaichean	25%	Tha inbheach san sgoil ris am faod thu bruidhinn	29%
Tha uidheaman agam san sgoil, leithid tablaidean is coimpiutairean	21%	'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an spòrs is clubaichean	20%

Bha cothrom air uidheaman san sgoil sa chòigeamh àite am measg luchd-ionnsachaidh àrd-sgoile, agus sin a' sealltainn cho cudromach 's a tha uidheaman didseatach ann an Àrd-sgoiltean. B' e roghainnean cumanta am measg sgoilearan de gach aois a bh' ann an taic bhon teaghlach agus inbheach a bhith san sgoil ris am faod thu bruidhinn.

Sgrìobh 3,350 duine-cloinne agus neach òg (503 Bun-sgoil, 2,847 Àrd-sgoil) barrachd mu dheidhinn nan rudan a bhios gan cuideachadh a bhith deiseil airson ionnsachadh. Chithear na freagairtean as cumanta gu h-ìosal.

San dachaigh

Tha clann is daoine òga ag ràdh gu bheil an dachaigh aca agus na bhios a' tachairt taobh a-muigh na sgoile a' toirt buaidh nach beag air cho deiseil 's a tha iad airson ionnsachadh. Tha grunn rudan a thachras ron sgoil gan cuideachadh le bhith a' tòiseachadh an latha aca ann an dòigh mhath. Leithid deagh chadal, dachaigh bhlàth shàbhailte, èideadh-sgoile ceart a bhith orra, a' faireachdainn glan, a' faireachdainn dòchasach agus gun a bhith fo dhragh no uallach agus gun urrainn dhaibh an sgoil a ruighinn aig an àm cheart. Faodaidh ceangal a bhith eadar teachd-a-steach agus gach fear de na nithean seo a tha a' buntainn ri bhith deiseil airson ionnsachadh agus faodaidh e buaidh a thoirt orra.

Tha 81% de sgoilearan Bun-sgoile agus 84% de sgoilearan Àrd-sgoile a ghabh pàirt ag ràdh gu bheil e gan cuideachadh a bhith a' faireachdainn gu bheil iad deiseil airson ionnsachadh nuair nach eil iad 'sgìth no fo uallach'. Le 10% de na beachdan a fhuaras bho dhaoine òga, bhathar a' bruidhinn air cadal is fois.

Deagh chadal ann an leabaidh bhlàth, chofhurtail. (Àrd-sgoil)

Gun a bhith sgìth, oir nuair a bhios tu sgìth, tha thu gu math greannach agus chan urrainn dhut a bhith air do bhodhaigeadh dad a dhèanamh. (Àrd-sgoil)

Tha mi a' faireachdainn deiseil airson ionnsachadh nuair a tha mi air grèim bìdh a ghabhail is cadal gu math an oidhche ron sin. (Bun-sgoil)

Ma bhios deagh chadal agad ann an dachaigh sa bheil thu a' faireachdainn sàbhailte. (Àrd-sgoil)

Tha daoine òga airson a bhith a' faireachdainn glan agus airson gum an t-èideadh-sgoile ceart aca.

Gum bi thu glan gus nach bi dragh ort gu bheil fàileadh asad. (Bun-sgoil)

Gum bi thu air èirigh tràth agus fras a ghabhail is aodach chur ort feuch am bi thu glan is deiseil airson na sgoile. (Àrd-sgoil)

Gum bi èideadh-sgoile ort agus gum bi a' faireachdainn glan is sgiobalta. (Àrd-sgoil)

Tha daoine òga airson a bhith a' faireachdainn làn, 's nach eil an t-acras orra. B' e biadh an cuspair a bu chumanta air an do sgrìobh daoine a thaobh a bhith deiseil airson ionnsachadh, bha 12% de na beachdan a fhuaras a-mach air biadh agus a bhith gun acras. Bha sin a' gabhail a-steach bracaist aig toiseach gach latha.

A' dùsgadh gun a bhith fo dhragh nad bheatha agus a' gabhail bracaist mhath gun a bhith a' gabhail dragh mu na chosgais i. (Bun-sgoil)

Tha mi a' smaoinichadh gum bu chòir do chloinn eile bracaist a ghabhail ron sgoil oir bidh cuid a chloinn fiù 's ag innse dhut nach bi iad a' gabhail bracaist agus gu tric cha bhi iad a' faireachdainn gu math no bidh iad coma mu chùisean. (Àrd-sgoil)

Tha 28% de luchd-ionnsachaidh Bun-sgoile agus 35% de luchd-ionnsachaidh Àrd-sgoile ag ràdh gur e aon de na rudan as cudromaiche a thaobh a bhith a' faireachdainn gu bheil thu deiseil airson ionnsachadh, a bhith a' ruighinn na sgoile aig an àm cheart. Tha daoine òga ag ràdh, ma tha lùths aca agus ma tha iad a' faireachdainn gu bheil rian aca air cùisean is math mu chùisean, gun cuidich sin iad le bhith a' tòiseachadh an latha ann an dòigh mhath.

A' faireachdainn gu bheil rian agam air cùisean feuch nach bi uallach orm agus fios agam gu bheil gach nì agam a tha dhìth airson toiseach an latha sgoile! (Àrd-sgoil)

Gun a bhith a' fàs feargach no troimh-a-chèile mus tòisich an sgoil. (Bun-sgoil)

A bhith deiseil tràth gus nach bi cabhag ann no gus nach caill mi am bus. (Àrd-sgoil)

Tha e na chuideachadh nuair a gheibh mi deagh chadal, biadh sa mhadainn agus nuair a ruigeas mi an sgoil ann an àm. (Àrd-sgoil)

Tha tòrr de na nithean seo an crochadh air taic is cuideachadh a gheibhear san dachaigh. Thuirt 58% de luchd-ionnsachaidh Bun-sgoile agus 41% de luchd-ionnsachaidh Àrd-sgoile gur e aon de na rudan as cudromaiche a thaobh a bhith a' faireachdainn gu bheil thu deiseil airson ionnsachadh, taic bho do phàrantan, luchd-cùraim no an teaghlach.

Tha mi a' smaoinichadh gur e a th' ann am faighinn deiseil airson ionnsachadh nuair a tha inbheach ann gus do chuideachadh. (Bun-sgoil)

Taic bho phàrantan is club-bracaist gus am bi thu deiseil agus gus nach bi thu sgìth. (Àrd-sgoil)

Chaidh uallach is draghan a chomharrachadh mar nithean a bhios a' cur stad air daoine bho bhith deiseil airson ionnsachadh. Ma tha daoine fo dhragh no uallach nan dachaigh, cha bhi e cho furasta dhaibh aire a chumail air na tha iad ag ionnsachadh san sgoil.

Gum bi dachaigh mhath agad, cuidichidh sin le bhith a' toirt faochadh dhut bho uallaichean sgoile agus bidh nas lugha nithean ann a chuireas dragh ort. Tha mar a tha mise fo dhragh nam dhachaigh a' toirt buaidh orm. (Àrd-sgoil)

Nach bi agad ri dragh a ghabhail mu chùisean aig an taigh, gun urrainn dhut prìomhachas a chur air an sgoil gun dragh ort mu nithean eile. (Àrd-sgoil)

Thug daoine òga iomradh sònraichte air draghan mu airgead mar rudeigin a bheir buaidh air cho deiseil 's a daoine airson ionnsachadh. Faodaidh clann bho theaghlaichean le trioblaidean ionmhasail a bhith gu math mothachail air na draghan aca a thaobh biadh, chosgaisean-taighe agus airgead airson na sgoile agus am beatha làitheil.

Gum bi èideadh-sgoile ort, nach bi dragh ort a bheil an teas gu bhith air nuair a thig thu dhachaigh, a' faighinn biadh teth a-staigh. (Àrd-sgoil)

Nach fheum thu dragh a ghabhail mu airgead airson pàigheadh airson tachartasan sgoile is tachartasan taobh a-muigh na sgoile. (Àrd-sgoil)

Gum bi thu a' gabhail pàirt a-muigh air an raon-chluiche agus nach bi dragh ort mu airgead. (Bun-sgoil)

Gum bi deagh chadal agad agus gun dragh ort mu bhiadh no airgead. A' faireachdainn deiseil airson ionnsachadh gun draghan ort. (Àrd-sgoil)

San sgoil

Àrainn na sgoile

Tha daoine òga airson ionnsachadh ann an toglaichean sgoile a tha glan, cofhurtail agus sa bheil teothachd fhreagarrach, le taighean-beaga as urrainn dhaibh a chleachdadh nuair a bhios feum aca orra.

Tha e cudromach gum bi àite gu leòr taobh a-staigh nan togalaichean sgoile airson cluich is fois a ghabhail agus gum bi cothrom ann air raointean a-muigh. Thug cuid a dhaoine òga iomradh sònraichte air mar a tha cudromach gum bi àrainneachd shocair ann agus gum bi àiteachan sòisealta ann agus àiteachan airson ionnsachadh sàmhach far nach bi cus dhaoine ann agus far nach bi iad a' faireachdainn fo uallach.

A' dol a-steach gu àrainneachd shocair, gu h-àraidh sa mhadainn oir bidh beatha dhoirbh, riaslach aig tòrr dhaoine san dachaigh aca agus tha iad feumach air àite sìtheil. (Àrd-sgoil)

Cultar is feallsanachd na sgoile

Tha daoine òga ag iarraidh àrainneachd sgoile a tha taiceil is càirdeil far a bheil iad a' faireachdainn gu bheil iad air an gabhail a-steach, gu bheil iad a' cur fàilte orra, a' toirt spèis dhaibh agus ag èisteachd riutha. Tha a bhith a' faireachdainn sàbhailte fìor chudromach, agus tha sgoilearan ag ràdh nach bu chòir burraidheachd no sàrachadh a bhith a' tachairt san sgoil aca.

Thathar a' toirt spèis dhut/a' dèiligeadh riut ann an dòigh cho-ionann/tha thu mar phàirt de chùisean agus chan eil burraidh ag obair ort. (Àrd-sgoil)

Tha daoine a' cur dìon ort. (Bun-sgoil)

Tidsearan a chuireas fàilte ort (nuair a bhios tidsearan nan seasamh aig an doras a' cur fàilte air sgoilearan). (Àrd-sgoil)

Tha 47% de luchd-ionnsachaidh Bun-sgoile agus 29% de luchd-ionnsachaidh Àrd-sgoile ag ràdh gur e aon de na rudan as cudromaiche a thaobh a bhith a' faireachdainn gu bheil thu deiseil airson ionnsachadh, gum bi inbheach earbsach san sgoil ris am faod iad bruidhinn. Tha iad airson a bhith a' faireachdainn misneachail gun urrainn dhan sgoil aca an taic cheart a thoirt dhaibh leis an ionnsachadh aca agus airson trioblaid sam bith eile a bhios aca san sgoil no san dachaigh aca.

Fios a bhith agad gun urrainn do chuideigin do chuideachadh. A' faireachdainn gu bheil thu mar phàirt dhen sgoil. (Bun-sgoil)

Gum bi neach agad san sgoil dham faod thu dad sam bith innse agus thu a' faireachdainn sàbhailte nuair a nì thu sin. (Àrd-sgoil)

An latha sgoile

Tha daoine òga a' cur luach san ùine aig toiseach an latha mar 'a' chiad cheum' san latha agus mar chothrom gus faighinn deiseil airson an latha is caraidean fhaicinn. Thuirt grunn dhaoine òga gun robh a bhith fadalach na adhbhar dragha a bhios a' ciallachadh nach bi thu cho deiseil airson ionnsachadh nuair a ruigeas tu an sgoil. Tha roghainnean a thaobh 'toiseach tòiseachaidh socair' agus ùine gus seatlaigeadh is faighinn deiseil nan cuideachadh.

Ma tha toiseach tòiseachaidh socair ann sa mhadainn, tha e gam fhàgail gu math deiseil airson ionnsachadh. (Bun-sgoil)

Ann an ceòl, bidh sinn a' faighinn 5 mionaidean airson gabhail air ar socair is na meur-chlàran a chluich, the mi a' smaoineachadh nam biodh rudeigin mar sin sa h-uile clas gun cuidicheadh sin tòrr dhaoine. (Àrd-sgoil)

Thug daoine òga iomradh air cothroman cunbhalach gus stad a dh'obair airson greiseag bheag gus a dhol a-mach airson beagan èadhair no gus gluasad mun cuairt is bruidhinn ri daoine.

Tha, ma tha mi air a bhith a' cluich a-muigh no ma tha spòrs air a bhith agam le caraidean [tha mi a' faireachdainn deiseil airson ionnsachadh]. Tha mi cuideachd a' smaoineachadh gu bheil e cudromach nach bi mi fo uallach. (Bun-sgoil)

Bidh sinn a' faighinn cothroman gus fois a thoirt dhan eanchainn againn far am faod sinn bruidhinn ri caraidean no dealbhan a dhèanamh. (Bun-sgoil)

Bha cuid a dhaoine òga a' miannachadh gum biodh an latha sgoile aca eadar-dhealaichte, mar eisimpleir, a' tòiseachadh aig uair nas anmoiche gus am faigh iad barrachd cadail agus barrachd ùine airson faighinn deiseil aig toiseach gach clas.

Barrachd ùine eadar clasaichean. B' àbhaist dhomh a bhith a' seachnadh tòrr chlasaichean seach gum bithinn beagan fadalach agus bha an t-eagal orm a dhol a-staigh air eagal 's biodh an tidsear a' trod rium agus cha robh mi airson coiseachd a-staigh air beulaibh a h-uile duine nuair a bha mi fadalach. (Àrd-sgoil)

Bu chòir àm a bhith mar phàirt dhen latha sgoile far am faod sgoilearan fois a ghabhail còmhla ri an caraidean no ullachadh a dhèanamh airson mheasaidhean a tha gu bhith ann air an latha sin no dìreach gabhail air an socair. (Àrd-sgoil)

[Chuidicheadh e mi gu bhith deiseil airson ionnsachadh] nam biodh an latha sgoile a' tòiseachadh aig uair nas anmoiche. Tha mi daonnan sgìth air latha sgoile agus tha e doirbh dhomh aire a chumail air m' obair. (Àrd-sgoil)

A' gabhail pàirt

Tha daoine òga ag ràdh gu bheil iad airson gum bi iad a' faireachdainn gu bheil iad coltach ri an caraidean, gu bheil na h-aon rudan aca agus gun urrainn dhaibh pàirt a ghabhail anns gach rud a tha an sgoil a' tabhann, dìreach coltach ris a h-uile duine eile. Tha 53% de dhaoine òga bhon Bhun-sgoil agus 64% bhon Àrd-sgoil ag ràdh gur e aon de na rudan as cudromaiche a thaobh a bhith a' faireachdainn gu bheil iad deiseil airson ionnsachadh, 'gun urrainn dhaibh pàirt a ghabhail sna h-aon rudan a nì daoine eile san sgoil'.

Tha mi a' smaoineachadh gu bheil e gam chuideachadh a bhith deiseil airson ionnsachadh nuair a tha mi coltach ri càch. (Àrd-sgoil)

Ma tha na h-aon rudan agam 's a th' aig clann eile. (Bun-sgoil)

Gun urrainn dhut pàirt a ghabhail sna h-aon rudan a nì do charaidean. (Àrd-sgoil)

Gun urrainn dhut gach rud san sgoil fheuchainn agus a dhèanamh. (Àrd-sgoil)

Cothrom air goireasan

Ma tha cothrom aig daoine òga air goireasan is uidheamachd, tha e gan cuideachadh a bhith deiseil airson ionnsachadh san sgoil agus san dachaigh. Thuirt 61% de luchd-freagairt Bun-sgoile agus 71% de luchd-freagairt Àrd-sgoile gun robh e glè chudromach gum biodh na goireasan a bha dhìth orra aca airson a bhith a' faireachdainn gun robh iad deiseil airson ionnsachadh. Thug daoine òga iomradh air uidheamachd, apps, agus Wi-Fi agus air pinn, peansailean agus leabhraichean-obrach. Tha uidheaman gu sònraichte cudromach ro dh'oileanaich Àrd-sgoile agus thug cha mhòr leth dhiubh (46%) iomradh air sin mar an còigeamh rud as cudromaiche a thaobh a bhith deiseil airson ionnsachadh.

Gum bi na h-uidheaman ceart agad dìreach mar a th' aig clann eile. (Àrd-sgoil)

Gun tèid peansailean a thoirt do dhaoine aig nach eil fear. (Àrd-sgoil)

Gum bi cothrom agad air an uidheim agad fhèin air a bheil gach nì a bhios a dhìth ort airson ionnsachadh. (Àrd-sgoil)

Thuir daoine òga gum feumar a bhith faiceallach nuair a thathar a' dèiligeadh ri daoine òga aig nach eil na goireasan a tha dhìth. An àite a bhith gan ainmeachadh no gam peanasachadh, tha iad ag iarraidh taic le bhith a' faighinn cothrom air goireasan riatanach agus nach bi eagal air daoine mu na thachras agus nach bi stiogma sam bith ann.

Cha bu chòir do dhaoine a bhith ag èigheachd ort mura toir thu leat stuthan leithid pheansailean, oir tha cuid a dhaoine dìreach a' dìochuimhneachadh no chan eil airgead gu leòr aca air an son. (Àrd-sgoil)

Biadh tron latha sgoile

Nuair a chaidh fhaighneachd dhaibh mun bhuaidh a th' aig biadh air a bhith deiseil airson ionnsachadh, dh'aontaich 97% de dhaoine òga gun robh e glè chudromach (70%) no cudromach (27%).



Ìomhaigh 2: Beachdan dhaoine òga air cho cudromach 's a tha biadh a thaobh a bhith a' faireachdainn deiseil airson ionnsachadh (4,630 luchd-freagairt, 502 Bun-sgoil, 4,047 Àrd-sgoil)

Tha daoine òga ag ràdh gu bheil feum aca air lòn, greimean-bìdh, uisge an-asgaidh agus cothroman uisge òl air feadh an latha gus am bi iad deiseil airson ionnsachadh is comasach air aire a thoirt dhan obair aca. Cuideachd, thug iad iomradh air na thachras nuair nach eil biadh gu leòr aca. Thathar a' coimhead air seo ann am barrachd doimhneachd ann am Pàirt 4 dhen aithisg seo.

Ma tha do bhrù acrach, bidh thu fhèin crosta. (Bun-sgoil)

Ma tha thu acrach no fo uallach, cha bhi d' aire air d' obair. (Àrd-sgoil)

Nuair nach eil an t-acras orm, 's urrainn dhomh a bhith deiseil airson ionnsachadh. (Àrd-sgoil)

Ionnsachadh is teagasg

Ma bhios tidsearan còire ann a bhios a' brosnachadh is a' misneachadh nan clasaichean aca, bidh sin gan cuideachadh le bhith deiseil airson ionnsachadh. Tha daoine òga ag ràdh gu bheil e fìor chudromach gum bi càirdeas math is earbsach aca leis na tidsearan aca. Thug clann is daoine òga iomradh gu tric air coibhneas is cùram.

Bi còir ri sgoilearan agus dèan cinnteach gu bheil iad a' coimhead air adhart ris a' chlas. (Àrd-sgoil)

Tha mi a' smaoinichadh nuair a tha daoine a' creidsinn gun urrainn dhut a dhèanamh, gu bheil sin a' toirt atharrachadh air a h-uile càil. (Àrd-sgoil)

Tha e na chuideachadh nuair a tha tidsear math agad nach bi ag èigheachd. (Àrd-sgoil)

Tha daoine òga a' cur luach ann an luchd-teagaisg a bhios a' nochdadh spèis dhaibh. Tha e gu h-àraidh cudromach do chloinn Bun-sgoile gum bi daoine ag èisteachd riutha agus a' cur sùim annta, b' e sin an dàrna rud a bu chudromaiche dhaibh a thaobh nan rudan a tha gan cuideachadh le ionnsachadh.

A' faireachdainn gu bheil daoine gam iarraidh sa chlas agus gu bheil iad airson èisteachd rium. (Bun-sgoil)

Nuair a bhios tidsearan dha-rìribh ag èisteachd ris na chanas tu agus ri do bheachdan, tha iad math air sin mar as trice, ach nuair a tha iad fada às tha thu a' call do mhisneachd. (Àrd-sgoil)

Tha e a' còrdadh ri daoine òga nuair a bhios tidsearan a' mìneachadh gu soilleir dè tha a' dol a thachairt agus nuair a dh'fhaighnicheas iad a bheil ceistean aig daoine mus gluais iad chun an ath rud. Tha daoine òga airson gum bi fios aca air na bu chòir dhaibh a dhèanamh, gum faod iad rudan fhaighinn ceàrr agus taic iarraidh nuair a bhios feum aca oirre.

A' faireachdainn gum faod mi bruidhinn ri cuideigin agus gum faod mi rudan fhaighinn ceàrr agus an uair sin a chur ceart agus gun a bhith air mo nàrachadh mu dheidhinn. (Bun-sgoil)

Tha an sgoil againn uabhasach airson ionnsachadh agus tha a' mhòr-chuid de thidsearan a' gàireachdainn ort nuair a dh'iarraas tu cuideachadh agus cha toil leotha a bhith gad chuideachadh. Bidh mi an uair sin a' faireachdainn gòrach. (Àrd-sgoil)

Tha e cudromach gum bi luchd-teagaisg a' teagasg ann an dòighean spòrsail is eadar-ghnìomhach, feuch am bi daoine òga a' coimhead air adhart ri clasaichean.

A' coimhead air adhart ris a' chlas agam [cuidichidh sin mi le bhith deiseil airson ionnsachadh] (Àrd-sgoil)

Ma tha an tidsear a' dèanamh rudan spòrsail airson tòiseachadh nuair a tha daoine a' tighinn a-steach. (Àrd-sgoil)

A' cleachdadh tòrr ghoireasan airson gum bi spòrs againn ag ionnsachadh. Sgrìobhadh builgeanach agus matamataig spòrsail. (Bun-sgoil)

Dòighean-teagaisg eadar-dhealaichte, tòrr obrach eadar-ghnìomhach, ag obair còmhla ri caraidean, còmhraidhean an àite dìreach a bhith ag èisteachd anns gach clas. (Àrd-sgoil)

Thuirte cuid a sgoilearan gun do chaill iad cothroman ionnsachaidh spòrsail ri linn Covid-19. Bithear a' coimhead ann am barrachd doimhneachd air na buannachdan a thig bho thursan ann am Pàirt 5 dhen aithisg seo.

Tha mi an dòchas nach dìochuimhnich daoine gun chaill na clasaichean ÀS4 a-mach air rudan agus gu bheil feum againne air rudan spòrsail mar a tha th' aig buidhnean-bliadhna eile airson ionnsachadh. (Àrd-sgoil)

Tha daoine òga ag ràdh gu bheil e cudromach ealla a ghabhail ri agus taic a chur ri feumalachdan gach neach fa leth. Thug iad iomradh air goireasan mar fònaichean-cluaise agus dèideagan 'fidget' agus thuirte iad gum feumar leigeil le daoine ionnsachadh aig an astar aca fhèin agus gu bheil feum air Luchd-taice Sgoilearan.

Mar sgoilear niùro-eugsamhail, tha cuideachd feum agam air rudan mar fònaichean-cluaise a mhùchas an fhuaim gus am bi mi deiseil airson ionnsachadh agus gus m' aire a chumail air cùisean, agus chan eil cothrom aig a h-uile sgoilear air sin. (Àrd-sgoil)

Gu bheil am pàipear dathte ceart agam agus gun èist tidsear rium gu ceart mun dyslexia agam. (Àrd-sgoil)

Nuair a bhios mi socair, tha e gam chuideachadh le bhith ag obair nas fheàrr, an aon rud le cothroman airson gluasad mun cuairt, nam bithinn gu math feargach, bhiodh na cothroman airson gluasad gam shocrachadh. (Bun-sgoil)

Tha e cudromach airson a bhith deiseil airson ionnsachadh gu bheil seòmar-teagaisg socair, sìtheil is sàbhailte ann.

Tha mi a' smaoinichadh gu bheil e gad chuideachadh le bhith ag ionnsachadh nuair a tha an seòmar-teagaisg socair is sìtheil. (Àrd-sgoil)

Seòmar-teagaisg socair, caraidean agad, brosnachadh, agus nuair a tha spòrs agaibh. (Bun-sgoil)

Ma tha clas sàbhailte agad, tha fios agad gum faod thu beachdan a thoirt seachad gun a bhith a' gabhail dragh mu dhaoine eile. (Àrd-sgoil)

Bhruidhinn cuid a dhaoine òga air a mar a tha feum aca air seòmar-teagaisg far nach eil cus fuaim ann agus air mar a tha feum aca air a bhith nan suidhe ann an àite freagarrach a rèir nam feumalachdan aca.

[Tha e math] nuair nach eil daoine leamh ann nach eil airson ionnsachadh, agus iad a' cur dragh air daoine a tha airson ionnsachadh. (Àrd-sgoil)

Cha toil leam fuaimean mòra agus chan urrainn dhomh m' aire a chumail air m' obair nuair a tha tòrr fuaim ann. Bidh mi a' gabhail dragh nuair nach cuir mi crìoch air m' obair. (Bun-sgoil)

Caraidean

Tha daoine òga ag ràdh gu bheil an sgoil nas fheàrr nuair a tha caraidean aca leis am bi spòrs aca, ris am faod iad bruidhinn agus a chuireas ùine seachad còmhla riutha. Tha e math do mhath dhaoine òga agus a thaobh a bhith a'

faireachdainn gu bheil iad mar phàirt de choimhearsnachd na sgoile ma tha ùine is àite ann dhaibh airson a bhith a' cruinneachadh còmhla ri caraidean san eadar-ùine is aig àm-lòin. Bidh caraidean nan taic do dhaoine agus a' cuideachadh dhaoine le uallaichean is draghan.

Tha càirdeas le caraidean cudromach, cuidichidh iad le do shunnd. (Bun-sgoil)

Ma tha pàiste fo chus uallaich, faodaidh caraid cuideachadh leis an trioblaid. (Bun-sgoil)

Gum bi caraidean agad nach bi a' magadh ort seach nach eil lòn agad, an àite sin bheir iad pàirt dhen bhiadh aca fhèin dhut no ceannaichidh iad biadh dhut. (Àrd-sgoil)

A bharrachd air mar a bhios an sgoil nas tlachdmhoire nuair a bhios caraidean aca, tha daoine òga ag ràdh ma bhios caraidean faisg orra san t-seòmar-theagaisg gun cuidich sin iad le bhith ag ionnsachadh.

Ma tha mi faisg air mo charaidean, oir bidh iad gam chuideachadh agus cuidichidh mise iadsan. (Bun-sgoil)

Tha ionnsachadh dòrainneach agus bidh e gam fhàgail fo uallach, oir chan eil mi còmhla ri mo charaidean a chuidicheadh mi gus rudan a thuigsinn. (Àrd-sgoil)

4. Dè bhios daoine òga ag ràdh mu bhiadh san sgoil?

Aon latha, cha robh airgead gu leòr agam agus cha leigeadh iad leam dad ithe agus bha an t-acras orm fad an latha. (Àrd-sgoil)

Biadh an-asgaidh dhan a h-uile duine, beag, meadhanach mòr agus mòr. (Bun-sgoil)

Biadh-sgoile an-asgaidh – chan eil bochdainn a' stad nuair a ghluaiseas clann bho P7 gu ÀS1. (Àrd-sgoil)

Roghnaich 89% de luchd-freagairt Bun-sgoile agus 93% de luchd-freagairt Àrd-sgoile biadh mar aon de na cosgaisean sgoile as cudromaiche. Mar a chaidh a ràdh mu thràth, thuirt cha mhòr a h-uile neach òg a ghabh pàirt sa Cheist Mhòir gu bheil biadh cudromach a thaobh a bhith deiseil airson ionnsachadh.

'S e biadh aon de na cosgaisean as motha a th' aig teaghlaichean. Tha cothrom aig a h-uile sgoilear P1-5 a tha a' dol dhan sgoil air biadh-sgoile an-asgaidh dhan a h-uile neach (BAUN). Rinn Riaghaltas na h-Alba leudachadh air BAUN bho P1-3 gu P1-5 ann an 2021, agus chuir iad romhpa sin a leudachadh a-rithist gu P6 is P7 air a' bhliadhna às dèidh sin agus gun cuireadh iad sgeama-dearbhaidh le BAUN an sàs ann an Àrd-sgoiltean. Chaidh dàil a chur air sin, agus tha planaichean ann a-nis gus biadh an-asgaidh a thabhann, bhon Ghearran 2025, do chloinn air P6 is P7 bho theaghlaichean a tha a' faighinn Sùim Albannach airson Pàiste agus gun tòisich air biadh an-asgaidh a thabhann dhan a h-uile sgoilear bun-sgoile ann an 2026. Chan eil planaichean ann an-dràsta gus sgeama-dearbhaidh a chur an sàs ann an Àrd-sgoiltean no biadh an-asgaidh a leudachadh gu ìre na h-Àrd-sgoile.

An-dràsta, tha biadh-sgoile an-asgaidh (BSA) airson P6-ÀS6 ri fhaotainn a rèir teachd-a-steach gach pàiste.¹² A rèir àireamhan a chaidh a chruinneachadh o chionn ghoirid tha coltas ann, fo na slatan-tomhais dligheachais a th' ann an-dràsta, gu bheil 25,000 sgoilear ann (17%) dhen fheadhainn a tha ann am bochdainn ann an Alba aig nach eil a' chòir air biadh-sgoile an-asgaidh.¹³ Bidh sgoilearan nach fhaigh biadh an-asgaidh a' pàigheadh airson biadh-sgoile, agus sin a' cosg eadar £380 is £598 gach bliadhna airson gach pàiste a rèir cò an t-ùghdarras ionadail sa bheil an sgoil aca.¹⁴

Tha fios aig a' mhòr-chuid de dhaoine air a' bhuaidh a bhios ann mura gabh clann biadh gu leòr san sgoil. Bidh clann is daoine òga ag ràdh gu bheil iad sgìth agus nach urrainn dhaibh aire a chumail air an obair-sgoile aca. Cha bhi clann a tha acrach a' dèanamh cho math san sgoil agus faodaidh iad a bhith fo dhragh is uallach ri linn neo-thèarainteachd bìdh san dachaigh aca.¹⁵

Dh'iarr sinn air daoine òga am beachdan a thoirt dhuinn air biadh san sgoil agus biadh-sgoile an-asgaidh, air na tha gan cuideachadh nuair a thig e gu taic san sgoil agus dè eile a tha iad a' smaoineachadh a tha dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil gach pàiste làn agus deiseil airson ionnsachadh.

¹² Faicibh bonn-nota 2

¹³ Faicibh bonn-nota 3


¹⁴ Faicibh bonn-nota 4

¹⁵ Institiud Foghlaim na h-Alba, [Fiosrachadh EIS air Acras is Neo-thèarainteachd Bidh Gearran 2022](#), 2022

Dè seòrsa bìdh a ghabhas daoine òga gu h-àbhaisteach aig àm-lòin?

Bha a' mhòr mhòr-chuid de chloinn Bun-sgoile an dàrna cuid a' gabhail biadh-sgoile (44%) no a' toirt leotha biadh bhon dachaigh aca airson lòn (55%). Thuit cha mhòr a h-uile pàiste gun robh iad ag ithe san sgoil, le àireamh glè bheag ag ràdh gum biodh iad a' dol dhachaigh.

Aig ìre na h-Àrd-sgoile, thuit beagan a bharrachd air an treas cuid de dhaoine òga (36%) gum biodh iad a' gabhail biadh-sgoile. Thuit mu thrìan eile dhiubh gum biodh iad a' toirt leotha biadh bhon dachaigh aca (31%) agus thuit mu thrìan eile (31%) gum biodh iad a' ceannach biadh bho bhùithtean is àiteachan-bìdh ionadail. A-rithist, cha robh mòran idir a' dol dhachaigh airson lòn.



Ìomhaigh 3: Seòrsaichean lòn (4,772 luchd-freagairt, 604 Bun-sgoil, 4,168 Àrd-sgoil)

Am measg a' bhìdh as fheàrr le daoine òga airson lòn bha piotsa, iasg is sliseagan, *hot dogs*, pizzini, ceapairean panini, cearc, pasta, coiridhean is burgairean.



Dealbhan le Umme Ruman, Daisa Akhtar, Umaema Khan, Ava McElwaine agus Nieve Ros bho Àrd-sgoil Holyrood, Glaschu

Ciamar a tha e a' faireachdainn ma tha an t-acras ort san sgoil?

Tha còrr is dà thrian de chloinn is daoine òga ag ràdh nam biodh an t-acras orra gum biodh iad gun chomas aire a chumail air cùisean, a' faireachdainn sgìth no meadhanach no gum biodh e na bu dhuilghe dhaibh ionnsachadh.

B' iad na h-ath rudan a bu choltaiche a thachradh nam biodh an t-acras orra, gum biodh nàire orra agus gum biodh iad draghail mu bhith ag innse do dh'inbich san sgoil, agus faisg orra sin a thaobh nan nithean a bu choltaiche a thachradh bha a' faireachdainn 'gu bheil iad air am fàgail a-mach bho chùisean' agus 'feargach is crosta'.

Thuirte còrr is leth de na daoine òga a fhreagair gun tachradh gach rud sa chlàr gu h-ìosal nam biodh an t-acras ort san sgoil. Tha clann is daoine òga gu soilleir dhen bheachd gum bi an t-acras a' toirt buaidh mhòr air an ionnsachadh aca agus na comasan aca gus aire a chumail air cùisean, air an slàinte chorpóra agus air am math fhèin agus mar a tha iad a' faireachdainn gu bheil mar phàirt dhen sgoil.

Clàr 3: A’ bhuaidh a th’ aig an acras air daoine san sgoil (4,818 luchd-freagairt, 608 Bun-sgoil, 4,210 Àrd-sgoil)

Nam biodh an t-acras air cuideigin san sgoil, ciamar a bhiodh iad a’ faireachdainn?			
Roghainnean	Bun-sgoil	Àrd-sgoil	A h-uile neach-freagairt
Gun chomas aire a chumail air cùisean	75%	78%	77%
Sgìth	74%	76%	75%
Meadhanach	76%	73%	74%
Bhiodh e na bu dhuilghe dhaibh ionnsachadh	74%	65%	66%
Bhiodh nàire orra	74%	60%	62%
Draghail mu bhith ag innse do dh’inbhich san sgoil	65%	50%	52%
Gu bheil iad air am fàgail a-mach bho chùisean	71%	50%	50%
Feargach no crosta	50%	47%	50%

Mar phàirt dhen Cheist Mhòir, chleachd sinn [am film A’ Cur an Ìre RA aig BGBC](#) gus còmhraidhean a bhrosnachadh mu bhiadh san sgoil. Tha am film a’ sealltainn gille ann an ionad-bìdh, agus e air a chuirteachadh le clann shona a tha ag ithe biadh sòghail, blasta agus an t-òran ‘Food Glorious Food’ ga chluich. Tha an gille an uair sin a’ fosgladh a’ bhogsa-bhìdh aige fhèin agus tha e a’ cur an ìre gu bheil e ag ithe banana, feumaidh e cur an ìre oir chan eil biadh aige fhèin.

Bha co-fhaireachadh aig a’ chloinn Bun-sgoile agus tuigse aca air mar a bhiodh clann a’ faireachdainn ann an suidheachadh mar sin.

Fo eagal, sgìth, agus acrach.

Bha e a’ cur an ìre gun robh biadh aige seach nach eil biadh aige. Bhithinn-sa a’ faireachdainn beagan aonranach agus air mo nàrachadh agus ‘s dòcha gum biodh a’ chlann eile a’ smaoineachadh gun robh mi beagan neònach.

Bha e leis fhèin air sàillibh gu bheil tòrr dhaoine, no cuid a dhaoine, a’ smaoineachadh nach eil daoine bochda “cool”, agus bha e aonranach.

Ciamar a bhios sgoiltean a’ cuideachadh le biadh?

Tha tòrr sgoiltean gu math mothachail air mar a bhios cuid de na daoine òga aca a’ tighinn dhan sgoil agus an t-acras orra agus mar nach urrainn dhaibh pàigheadh airson a’ bhìdh a tha dhìth orra airson a bhith làn air feadh latha na sgoile. Dh’inns daoine òga dhuinn mu na thathar a’ dèanamh sna sgoiltean aca gus am bi e nas fhasa do dhaoine biadh fhaighinn.

Àrd-sgoil

Thuirt daoine òga gur e clubaichean-bracaist an seòrsa taice as cumanta a gheibhear ann an Àrd-sgoiltean. Bidh dòighean-obrach eadar-dhealaichte aig diofar chlubaichean a rèir cò an sgoil is ùghdarras ionadail sa bheil iad, agus bidh cuid ag iarraidh airgead airson a h-uile rud, bidh subsadaidh ann airson cuid a chlubaichean no bidh iad

an-asgaidh dhaibhsan a tha a' faighinn biadh-sgoile an-asgaidh, bidh feadhainn an-asgaidh airson cuid a bhliadhnaichean no buidhnean sònraichte agus tha cuid ann a tha an-asgaidh dhan a h-uile duine. Uaireannan bidh cosgais a' chlub-bhracaist a' toirt buaidh air cho feumail 's a tha e mar dhòigh gus taic a thoirt do theaghlaichean le teachd-a-steach ìosal.

'S e an ath sheòrsa taice as cumanta innse do dhaoine òga agus/no an teaghlaichean mu mar a gheibh iad biadh-sgoile an-asgaidh. Ged as e rud math a th' ann gu bheil fios aig 36% de dhaoine òga gu bheil sin a' tachairt san sgoil aca, tha e a' ciallachadh, airson beagan nas lugha na dà thrìan de na daoine òga a fhreagair a' cheist seo, nach robh e air tachairt san sgoil aca no nach d' fhuair iad am fiosrachadh mu dheidhinn. Mar an ceudna, ged a tha 20% de dhaoine òga ag ràdh gum bi an sgoil aca ag innse dhaibh cò ris am faod iad bruidhinn airson taic ma tha an t-acras orra, chan eil fios aig a' mhòr-chuid air na bu chòir dhaibh a dhèanamh.

Gu cudromach, thuirt 19% de dhaoine òga nach robh iad cinnteach dè bhios an sgoil aca a' dèanamh gus cuideachadh. Ged a bhios cuid a luchd-freagairt ann 's dòcha aig nach eil feum air taic agus mar sin cha robh aca ri smaoinachadh mu dheidhinn, tha sin a' ciallachadh gu bheil cothrom ann piseach a thoirt air mar a thèid fiosrachadh a cho-phàirteachadh mun taic a gheibh daoine òga is an teaghlaichean. Cha tuirt ach 8% de dhaoine òga nach dèanadh an sgoil aca gin de na rudan air an liosta mar thaic do dhaoine.

Clàr 4: Taic airson biadh san sgoil (4,159 Luchd-freagairt Àrd-sgoile)

Ciamar a tha an sgoil agad a' dèanamh cinnteach gu bheil biadh gu leòr aig daoine, agus nach eil an t-acras orra?	
Roghainnean	Freagairtean
Clubaichean bracaist	58%
Innsidh iad dhuinn mar a gheibh sinn biadh-sgoile an-asgaidh	36%
Greimean-bìdh an-asgaidh	32%
Innsidh iad dhuinn cò ris am faod sinn bruidhinn mu dheidhinn san sgoil	20%
Chan eil mi cinnteach	19%
Faodaidh tu an cothrom agad air biadh-sgoile an-asgaidh a ghabhail uair sam bith tron latha	18%
Greim-bìdh nuair a tha ionnsachadh le taic ann	12%
Nì iad rudan eile	12%
Biadh ro dheuchainnean	9%
Cha dèan iad gin de na rudan seo	8%

Bun-sgoil

Dh'inns 572 de chloinn Bun-sgoile dhuinn mu na dòighean sam bi na sgoiltean aca a' cur taic riutha a thaobh biadh. Chithear na freagairtean as cumanta gu h-ìosal.

B' e biadh-sgoile an-asgaidh dhan a h-uile neach an seòrsa taice a bu chumanta a thaobh biadh a dh'ainmich clann Bun-sgoile. Bidh tòrr dhen feadhainn a fhreagair a' faighinn biadh-sgoile an-asgaidh no bhiodh a' chòir air a bhith aca air sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh.

Lòn an-asgaidh do P5 agus nas òige agus lòn mòr san sgoil air eagal 's gur e sin an aon bhiadh ceart a bhios a' chlann a' faighinn.

... Tha ar dinnearan-sgoile an-asgaidh gu P6, ach tha iad a' feuchainn ri sin atharrachadh gus am bi e an-asgaidh dhan a h-uile duine.

B' e taic bidh chumanta eile, clubaichean bracaist. Bithear a' toirt bracaist seachad ann an diofar dhòighean, eadar clubaichean traidiseanta is a' toirt tost seachad sna clasaichean fhèin sa mhadainn.

Tha club bracaist san sgoil agamsa, can mura h-eil thu air bracaist a ghabhail seach nach robh ùine agad no nach robh airgead agaibh airson pàigheadh air a shon.

The club bracaist againne a tha an-asgaidh, tha tost againn, biadh grànach, ùbhlán, measan, bainne agus uisge.

Bidh greimean-bìdh rim faotainn ann am bobhlaichean-mheasan timcheall na sgoile, ann am basgaidean san t-seòmar-theagaisg, sa phrìomh oifis agus bho thidsearan fa leth. Cuideachd, bhruidhinn clann mu bhith a' co-phàirteachadh biadh le caraidean.

... Mura toir thu dad leat mar ghrèim-bìdh, faodaidh tu a dhol sìos is rudeigin ithe agus the daoine deònach pàirt dhen bhiadh aca a thoirt dhut.

Bidh tidsearan a' tabhann biadh dhuinn ma tha an t-acras oirnn. Bidh tidsearan a' tabhann grèim-bìdh dhut ma tha thu air an fhear agad fhèin a dhìochuimhneachadh.

Tha greimean-bìdh ann dhuinn. B' àbhaist gun robh againn ri pàigheadh air an son, ach tha iad an-asgaidh a-nis.

Bidh sgoiltean a' tabhann nan corran agus biadh a bharrachd mura h-eil lòn aig clann no ma tha an t-acras mòr orra. Bidh cuid a sgoiltean a' tabhann phocannan-dinnearach a dh'fhaodas clann is teaghlaichean a chleachdadh gus biadh a thoirt dhachaigh às dèidh na sgoile agus tha bancaichean-bìdh aig cuid a sgoiltean.

Bhruidhinn clann air dòighean-taice sùbailte agus cùramach, agus bhathar a' tabhann biadh fiù 's nuair nach b' urrainn do dhaoine pàigheadh air a shon.

Cha bhi iad uair sam bith ag ràdh ri pàiste nach fhaigh iad sin seach nach do phàigh na pàrantan aca, tha a h-uile duine a' faighinn biadh.

Mura h-eil airgead agad sa chunntas phàighidh agad, bheir an sgoil biadh dhut fhathast.

Bhruidhinn clann air dòighean feumail sam bi an sgoil agus luchd-obrach a' chidsin a' dèanamh cinnteach nach bi an t-acras air pàiste sam bith. Thuirt cuid a dhaoine gun cuidicheadh caraidean cuideachd.

Bidh na tidsearan a' tighinn a bhruidhinn rinn agus nì iad cinnteach gu bheil sinn ceart gu leòr agus bidh iad a' faighneachd dè th' againn airson biadh. Cuideachd, bidh muinntir a' chidsin a' dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile duine an aon uiread de bhiadh agus bidh iad a' toirt seachad nan corran.

Ma bheir iad an aire nach eil iad ag ithe, faighnichidh na tidsearan a bheil iad ceart gu leòr agus a bheil iad ag iarraidh dad eile.

Tha mi a' smaoinichadh gu bheil muinntir a' chidsin ag obair gu cruaidh agus nì iad biadh dhan a h-uile pàiste.

Gu cudromach, dh'ainmich daoine òga barrachd air aon seòrsa taice – mar eisimpleir, 'Club bracaist, bobhla le measan mura h-eil grèim-bìdh agad, lòn an-asgaidh gu P5, bheir na còcairean barrachd dhut ma dh'iarraas tu e agus greimean-bìdh san oifis' – agus sin a' sealltainn gu bheil tòrr sgoiltean a' beachdachadh air diofar dhòighean gus taic a chumail ri clann a thaobh biadh air feadh an latha sgoile.

Nas urrainn do Riaghaltas na h-Alba a dhèanamh gus cuideachadh le biadh san sgoil

Biadh an-asgaidh... tha mi an dòchas gun dèan sibh sin, cuidichidh sin a h-uile duine againn. (Àrd-sgoil)

Chan e ar coire a th' ann mura h-urrainn do ar pàrantan pàigheadh airson lòn. (Bun-sgoil)

Tha e soilleir gu bheil taic ga toirt seachad ann an tòrr sgoiltean a thaobh biadh nuair a bhios feum air sin. Ge-tà, faodaidh an taic a gheibhear a bhith an crochadh air cho mothachail 's a tha an sgoil, maoinichadh, far a bheil an sgoil, na tabhartasan a gheibhear, na tha an luchd-obrach comasach air a dhèanamh agus nithean eile air nach eil smachd aig clann no na teaghlaichean aca.

Dh'fhaighnich sinn do dhaoine òga dè bu chòir tachairt aig ìre nàiseanta gus taic a thoirt do sgoiltean air feadh Alba le biadh.


Biadh-sgoile An-asgaidh dhan a h-Uile Neach (BAUN) ann am Bun-sgoiltean

Cha bu chòir an t-acras a bhith air pàiste sam bith a tha nan suidhe ri taobh pàiste eile a tha ag ithe.

... Chan urrainn dhuinn dad a dhèanamh mun aois againn no mun chlas againn, dìreach seach gu bheil sinn ann am P6 no 7, chan eil sin a' ciallachadh gu bheil airgead againn. Bu chòir dha a bhith an aon rud dhan a h-uile duine.

Tha clann Bun-sgoile gu mòr airson gun tèid leudachadh a thoirt air BAUN ann am Bun-sgoiltean. Thuit 89% de chloinn Bun-sgoile gun robh an gealladh aig Riaghaltas na h-Alba, gun dèanadh iad cinnteach gum faigheadh a h-uile pàiste sa Bhun-sgoil biadh-sgoile an-asgaidh, glè chudromach (71%), no cudromach (18%).

Children's views on universal free school meals



Ìomhaigh 4: Beachdan clann na bun-sgoile air leudachadh air biadh-sgoile an-asgaidh dhan a h-uile neach (593 luchd-freagairt)

Thuirte cuid mhath (41%) de na 564 duine-cloinne, a thug adhbharan seachad airson carson a tha leudachadh air BAUN cudromach, gun cuidicheadh e leis na h-uallaichean ionmhasail a th' aig teaghlaichean.

A chionn 's nach urrainn do chuid a theaghlaichean pàigheadh air a shon agus tha trioblaidean aca mu thràth le bhith a' pàigheadh airson chosgaisean taighe, chìsean agus a' mhorgaid aca.

Tha seo gu math cudromach, oir tha prìsean airson a h-uile rud, cha mhòr, air a dhol suas agus faodaidh seo diofar mòr a dhèanamh.

Tha dragh orra gum bi an t-acras air clann is gum bi iad a' faireachdainn meadhanach, mura h-eil biadh gu leòr aca, agus bheir cion bìdh buaidh air mar as urrainn dhaibh aire a chumail air cùisean san sgoil agus air an ionnsachadh aca.

Tha mise a' smaoinichadh gu bheil e GLÈ chudromach gum bi biadh aig clann, oir cha b' urrainn dhaibh aire a chumail air cùisean agus bhiodh iad a' faireachdainn gu math bochd.

Air sàillibh nach urrainn do thòrr dhaoine pàigheadh airson biadh na sgoile agus tha e cho cudromach gum bi biadh aca, oir dh'fhaodadh gum bi e gu math doirbh dhaibh an obair a dhèanamh no bidh iad a' faireachdainn bochd ma tha a' bhrù aca falamh.

Tha e cudromach air sgàth 's gum faod oileanaich a bhith a' fàs greannach agus 's dòcha gun cuir iad cùisean troimh-a-chèile sa chlas.

Bha tòrr cloinne dhen bheachd nach robh e cothromach nach biodh clann bho P6 is P7 a' faighinn an t-seòrsa taice air a bheil feum aca math dh'fhaodte, dìreach air sàillibh na h-aois' aca.

Carson a dh'fheumas sinne pàigheadh, ach chan fheum iadsan, 's dòcha nach eil an t-airgead againne nas motha.

... Tha e cudromach dha 1-5 ach tha feum aig p6 is 7 cuideachd air, 's dòcha gu bheil cùisean doirbh dhan teaghlach aig duine sam bith bho p1 gu 7, mar sin tha e cudromach gum faigh a h-uile duine biadh an-asgaidh.

Dh'fhaodadh gum bi airgead gann aig cuid a dhaoine ann am p6-7 agus fiù 's san àrd-sgoil.

Thuit cuid a chloinn gun robh BAUN a' ciallachadh gum biodh a h-uile duine a' faighinn cothrom air taic agus nach biodh duine sam bith, a tha ann am bochdainn neo-fhollaiseach, a' call a' chothruim sin.

Chan eil fhios againn cò tha beò ann am bochdainn, tha e cudromach gum faigh a h-uile duine biadh gus an urrainn dhaibh an aire a chumail air an obair aca sa chlas.

Tha mi a' smaoinachadh gum bu chòir lòn a bhith an-asgaidh do chloinn sa bhun-sgoil feuch am faigh daoine biadh tron latha agus 's dòcha gu bheil cuid a dhaoine ann am bochdainn gun fhiosta dhuinn.

Tha mi a' smaoinachadh gu bheil seo cudromach, air sàillibh faodaidh duine sam bith a bhith ann am bochdainn agus cuidichidh seo iad.

Tha mise a' smaoinachadh nach urrainn fios a bhith agad air dè cho dona 's a tha cùisean aig daoine a thaobh airgead.

Tha clann ag ràdh gum faod BAUN cuideachadh le bhith a' lùghdachadh nan draghan is uallaichean a th' air daoine agus gum faod e daoine a chuideachadh le bhith a' sàbhaladh airgead a dh'fhaodas iad a chosg air rudan riatanach eile.

Faodaidh mo mhàthair is m' athair rudan riatanach a cheannach an uair sin, leithid biadh, aodach, connadh, Wi Fi.

Cha bhi pàrantan fo uiread de dh'uallach, gheibh a' chlann biadh agus cha bhi an t-acras orra.

Tha mi a' smaoinachadh gu bheil e cudromach, oir cha bhi cuid a dhaoine, nach urrainn pàigheadh airson lòn, a' gabhail dragh mun chosgais an uair sin agus 's dòcha gum bi iad a' faireachdainn nach eil iad air am fàgail a-mach uiread.

Beachdan sgoilearan Àrd-sgoile

Thug 3,724 luchd-freagairt Àrd-sgoile beachdan seachad air na rudan eile as urrainn do Riaghaltas na h-Alba a dhèanamh gus cuideachadh le biadh san sgoil. Nochd iad tuigse mhath air na dleastanasan a th' aig an riaghaltas a thaobh seo nuair a fhreagair iad a' cheist.

B' ann air lòn san sgoil bu mhotha a bhruidhinn na daoine òga. Bha cuid a' moladh biadh an-asgaidh a thoirt seachad agus cuid eile biadh a thabhann aig prìs nas lugha, agus bha eadar-dhealachadh ann a thaobh farsaingeachd na taice le cuid a' moladh taic choitcheann a thoirt seachad dhan a h-uile duine agus cuid eile a' moladh taic a dh'aona-ghnothach a thoirt do sgoilearan bho theaghlaichean dha bheil e doirbh pàigheadh airson biadh.

B' e am moladh a bu chumanta bho dhaoine òga gum bu chòir do Riaghaltas na h-Alba cur air dòigh gum bi cothrom air biadh-sgoile an-asgaidh anns a h-uile Àrd-sgoil. Bha tòrr de na h-adhbharan a thugadh seachad an aon

rud ris an fheadhainn a thug sgoilearan Bun-sgoile seachad, ach bha clann nas sine na bu mhothachail air na slatan-tomhais dligheachais airson biadh-sgoile an-asgaidh a gheibhear a rèir teachd-a-steach. Thuirt feadhainn dhiubh nach bi a h-uile duine òg le teachd-a-steach ìosal a' faighinn taic leis na slatan-tomhais a th' ann an-dràsta.

Dèan cinnteach gum faigh a h-uile oileanach biadh an-asgaidh oir tha cuid a theaghlachan a' cosnadh gu leòr, ach tha fiachan mòra aca agus chan urrainn dhaibh pàigheadh airson lòn.

Bu chòir dhan a h-uile duine-cloinne biadh-sgoile fhaighinn an-asgaidh, oir ged a tha thu a' cosnadh cus sa bhliadhna airson biadh fhaighinn an-asgaidh san sgoil, 's dòcha gu bheil cùisean doirbh dhut fhathast a thaobh airgead agus bu chòir dhan a h-uile pàiste san RA lòn fhaighinn an-asgaidh.

Tha mi a' smaoinichadh gum bu chòir don a h-uile neach òg biadh-sgoile fhaighinn an-asgaidh, chuidicheadh sin tòrr theaghlachan co-dhiù a tha teachd-a-steach ìosal aca no nach eil no co-dhiù a tha iad ag obair no nach eil.

Thuirt daoine òga nam biodh biadh an-asgaidh dhan a h-uile duine nach biodh uiread de nàire, draghan is stiogma ann a thaobh BSA a gheibhear a rèir teachd-a-steach agus a bhith a' cur a-staigh air a shon no ga fhaighinn.

Thoir airgead gu leòr dhan sgoil gus am faigh a h-uile duine lòn an-asgaidh. Cha bhi sibh an uair sin a' faighneachd do dhaoine agus tha e dìomhair an uair sin agus cha bhi dragh air daoine a thaobh na tha daoine eile a' smaoinichadh mun deidhinn.

Gheibh a h-uile duine biadh an-asgaidh agus an uair sin cha bhi daoine air an nàrachadh agus iad ag ràdh nach urrainn dhaibh pàigheadh air a shon.

Thoir biadh-sgoile seachad an-asgaidh agus na bi faighneachd do chloinn carson, 's dòcha gum bi cuid a dhaoine air am maslachadh leis an t-suidheachadh aca nam beatha.

Bha cuid a dhaoine òga eile a' smaoinichadh gum bu chòir do Riaghaltas na h-Alba no comhairlean ionadail prìsean a lùghdachadh gus am bi e nas fhasa dhan a h-uile duine pàigheadh airson biadh agus gus barrachd luchd-ionnsachaidh a tharraing dhan ionad-bhìdh.

Tha mi gu làidir dhen bheachd gum feum Riaghaltas na h-Alba cosgaisean biadh na sgoile a lùghdachadh, tha fhios gun cuidich sin barrachd dhaoine le bhith ag ithe gu leòr. A thuilleadh air biadh-sgoile, tha ìre na h-atmhorachd ro àrd.

Thoir lùghdachadh air prìsean airson lòn san sgoil, chaidh ar prìsean bìdh suas o chionn ghoirid (tha mi a' tuigsinn gum faodadh sin a bhith doirbh a dhèanamh, ach chuidicheadh e tòrr dhaoine).

Thoir na prìsean airson lòn sìos, tha iad gu math daor agus sin carson a bhios mi a' dol a-mach airson lòn nuair a tha mi san sgoil.

Bha iad a' smaoinichadh gum bu chòir biadh a bhith ann do dhaoine òga aig a bheil feum air, co-dhiù a gheibheadh iad e tro sgeama air choreigin le biadh an-asgaidh no tro dhòighean eile leithid cothrom air greimean-bìdh.

Dèan cinnteach gu bheil biadh an-asgaidh ann do chloinn agus 's dòcha ann an dòigh far nach eil fhios aig daoine cò tha ga fhaighinn airson nach bi daoine air am maslachadh.

Dèan cinnteach gum faigh a h-uile pàiste aig a bheil pàrant le teachd-a-steach ìosal biadh-sgoile an-asgaidh!

Tha mise a' smaoineachadh gum biodh daoine air an nàrachadh nam biodh aca ri innse do chuideigin nach eil biadh gu leòr aca. Mar sin, tha mi a' smaoineachadh gum bu chòir greimean-bìdh fallain is susbainteach a thoirt seachad an-asgaidh.

Bha daoine òga a' smaoineachadh gum bu chòir do Riaghaltas na h-Alba leudachadh a thoirt air a' mhaoineachadh a gheibh sgoiltean gus am b' urrainn dhaibh taic chunbhalach a thoirt seachad a thaobh biadh.

Feumaidh sibh barrachd airgid a chosg air biadh-sgoile an-asgaidh gus nach bi aig uiread de dhaoine ri airgead a chosg air biadh agus gus am bi e nas fhasa do dhaoine cothrom fhaighinn air biadh an-asgaidh.

Cosg barrachd airgid gus am bi greimean-bìdh ri fhaighinn fad an latha san sgoil agus cosg barrachd air biadh-sgoile an-asgaidh.

Thugadh tòrr bheachdan seachad mun t-seòrsa bìdh a bhathar a' toirt seachad, agus bha daoine òga ag iarraidh taghadh nas fharsainghe, biadh nas fheàrr, barrachd seasmhachd an lùib mar a bhithear a' solar biadh agus barrachd roghainn a thaobh càite agus cuin a bhios cothrom aca air biadh ithe. Am measg nam molaidhean eile aca bha ro-òrdain, a' dèanamh cinnteach gu bheil biadh gu leòr ann oir gu tric cha bhi gu leòr ann gus frithealadh air an iartras a bhios ann agus a' feuchainn ri dèanamh cinnteach nach eil an loidhne airson feitheamh airson lòn agus an t-ionad-bìdh cho 'eagalach', oir thig barrachd dhaoine a dh'ithe an uair sin.

Dèan cinnteach gu bheil e nas fhasa biadh fhaighinn air feadh an latha, an àite dìreach nuair a tha eadar-ùine no àm-lòin ann, oir faodaidh e a bhith trang an uair sin, agus falbhaidh am biadh agus dh'fhaodadh nach còrd àite trang ri daoine...

Bu chòir lòn-sgoile a bhith an-asgaidh, chan ann dìreach nas saoire, dh'fhaodadh iad cuideachd taghadh nas fharsainghe de bhiadh a thabhann a chòrdas ri barrachd dhaoine agus a fhreagras air na feumalachdan bìdh aca – cuideachd dèan barrachd oir tha e a' falbh gu math luath.

Bha daoine òga ag iarraidh gun dèanar barrachd mu chosgais an latha sgoile san fharsaingeachd cho math ri bhith a' cuideachadh le biadh. Am measg na dh'iarr iad bha taic le uidheaman, èideadh-sgoile, goireasan agus tursan, dìreach mar a dh'iarr daoine òga taic leis na rudan sin mar phrìomhachas ann am pàirt 1 dhen aithisg seo. Bha daoine eile ag iarraidh air riaghaltasan rudeigin a dhèanamh mun eaconamaidh agus taic a thoirt do theaghlaichean aig a bheil teachd-a-steach ìosal.

... Siostam shochairan nas fheàrr feuch an urrainn do theaghlaichean biadh gu leòr a cheannach.

Cuidich daoine gus a bheil gu leòr airgid aca airson beatha cheart a bhith aca.

Dèan cinnteach gum faigh daoine bun-theachd-a-steach coitcheann gus an urrainn dhaibh rudan riatanach a cheannach.

Cuir barrachd airgid ris a' mhaoin shochairan, ma nì sibh sin thèid aig daoine ann am bochdainn air pàigheadh airson barrachd de chosgaisean an latha-sgoile.

Cuir cùisean air na daoine beairteach! Thoir BSA do sgoilearan àrd-sgoile cho math ri sgoilearan bun-sgoile.

A bharrachd air na freagairtean cumanta seo, bha taghadh farsaing de mholaidhean aig daoine òga a thaobh dhòighean eadar-dhealaichte sam bu chòir biadh a thoirt seachad san sgoil, leithid cothrom air biadh ron agus às dèidh na sgoile, aig seiseanan-ionnsachaidh le taic agus ro dheuchainnean.

Thog cuid a dhaoine òga a-rithist air rudan a bu chòir tachairt aig ìre na sgoile, leithid gun robh feum air conaltradh math mu dheidhinn BSA san sgoil agus dòighean nas fheàrr aig sgoiltean gus tuigse fhaighinn air cò aige a tha feum air taic le biadh. Dh'fhaodadh gum b' urrainn do dh'ùghdarrasan ionadail no Riaghaltas na h-Alba cuideachadh leis na gnìomhan seo no dèanamh cinnteach gum biodh iad gan cur an sàs ann an dòigh na bu chunbhalach.

Dèan cinnteach gum faigh na daoine, a tha feumach air, biadh-sgoile an-asgaidh, sgaoil barrachd fiosrachaidh mu bhiadh-sgoile an-asgaidh agus dèan cinnteach gu bheil fios aig daoine mu dheidhinn ma dh'fhaodas iad fhaighinn.

Ag innse dhan a h-uile pàiste gum faigh iad cothrom air biadh ma tha airgead gann agus chan e dìreach a' chlann a bhios ag innse dha na tidsearan gu bheil iad gann de dh'airgead, oir bidh nàire air cuid a chloinn.

Dèan cinnteach gu bheil lòn nas saoire. Cuir puist-d a-mach aig toiseach na teirm gus faicinn ciamar a tha a' dol do na dachaighean aig daoine agus a bheil feum aca air taic sam bith.

5. Dè bhios daoine òga ag ràdh mu thursan sgoile?

Thuir 39% de luchd-freagairt Bun-sgoile agus 29% de luchd-freagairt Àrd-sgoile gur e tursan aon de na cosgaisean sgoile as cudromaiche dhaibh. Ge-tà, tha fios againn gum faod tursan sgoile, far am feum daoine airgead a phàigheadh, a bhith ro dhaor do chloinn is daoine òga bho dhachaighean le teachd-a-steach ìosal.

Tha iad spòrsail, agus tha barrachd ùidh agad ann an ionnsachadh air an sàillibh. (Àrd-sgoil)

'S toil leam tursan inntinneach, ach tha iad ro dhaor dhòmhsa. (Bun-sgoil)

Bidh thu a' feuchainn rudan ùra [air tursan], ag ionnsachadh sgilean ùra, a' faighinn charaidean ùra agus a' gabhail pàirt sna rudan a nì a h-uile duine eile agus mar sin chan eil thu a' faireachdainn gu bheil thu air d' fhàgail a-mach. (Àrd-sgoil)

[Tha e cudromach] gum faigh sinn uile cothrom a dhol a dh'àiteachan ùra airson a' chiad uair. (Àrd-sgoil)

Tha Riaghaltas na h-Alba air cur romhpa, o chionn ghoirid, taic a thoirt do sgoiltean is teaghlaichean le cosgaisean airson tursan. Ann am manifesto an SNP ann an 2021¹⁶, chuir iad romhpa taic a thoirt do sgoiltean le bhith a' cur thursan, thachartasan is ghnìomhan air dòigh far a bheil a h-uile neach air an gabhail a-steach, agus iad a' dèanamh cinnteach nach bi cosgaisean ann do theaghlaichean nach eil cho beairteach airson thursan, thachartasan is ghnìomhan co-cheangailte ris a' churraicealam. Chuir iad romhpa cuideachd, taic a thoirt do sgoiltean le bhith a' dèanamh cinnteach gun urrainn dhan a h-uile sgoilear a dhol air tursan a tha mar phàirt de 'shlighe na h-òige' leithid tursan-còmhnaidheach P7 agus gum bi cothrom aig a h-uile sgoilear àrd-sgoile air, co-dhiù, aon turas 'roghnach' san ùine a tha iad san sgoil. Ann am Prògram an Riaghaltais 2021-22 gheall iad gun dèanadh iad cinnteach, rè ùine na Pàrlamaid seo, gum b' urrainn dhan a h-uile sgoilear bun-sgoile is àrd-sgoile a dhol air tursan is tursan-còmhnaidheach co-cheangailte ris a' churraicealam.¹⁷

Sa phàirt seo dhen Cheist Mhòir, dh'iarr sinn air daoine òga na beachdan aca a thoirt dhuinn air tursan sgoile, na rudan a chuireas stad air daoine bho bhith a' dol orra, agus na rudan a chuidicheas le bhith a' cur às do na cnapan-starra sin agus na rudan eile a tha dhith, nam beachd-san, gus dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile neach òg na h-aon chothroman air tursan sgoile.

Dè cho cudromach 's a tha tursan sgoile?

Thuir 82% de na daoine òga gu bheil e an dàrna cuid glè chudromach no cudromach gun urrainn dhut a dhol air tursan sgoile.

Clàr 5: Beachdan dhaoine òga air cho cudromach 's a tha e gun tèid daoine air tursan sgoile (4,350 luchd-freagairt, 593 Bun-sgoil, 3,757 Àrd-sgoil)

Chan eil iad cudromach idir	2	3	4	Glè chudromach
5%	2%	11%	21%	61%

¹⁶ Faicibh bonn-nota 7

¹⁷ Faicibh bonn-nota 8

Tha luchd-ionnsachaidh Bun-sgoile is Àrd-sgoile an ìre mhath dhen aon bheachd a thaobh nan adhbharan a tha tursan cho cudromach. Bhòt iad gur iad 'cothrom eòlas a chur air rudan ùra no rudan ùra ionnsachadh' agus 'cothrom spòrs a bhith againn' na rudan as cudromaiche mu thursan sgoile. Bha cuideachadh le ionnsachadh cuideachd àrd san liosta, agus e san treas àite airson sgoilearan Bun-sgoile agus sa cheathramh àite airson sgoilearan Àrd-sgoile. An uair sin b' e an ath rud a bu chumanta, 'a' dol a dh'àiteachan is a' feuchainn rudan nach b' àbhaist dhuinn a bhith a' dèanamh'. Tha 'cothrom a bhith còmhla ri ar caraidean no coinneachadh ri caraidean ùra' gu h-àraidh cudromach do dhaoine òga san Àrd-sgoil.

Clàr 6: Beachdan dhaoine òga air carson a tha e cudromach gun tèid daoine air tursan (4,350 luchd-freagairt, 593 Bun-sgoil, 3,757 Àrd-sgoil)

Dè tha cudromach mu thursan sgoile?			
Bun-sgoil	%	Àrd-sgoil	%
Cothrom eòlas a chur air rudan ùra no rudan ùra ionnsachadh	86	Cothrom eòlas a chur air rudan ùra no rudan ùra ionnsachadh	75
Cothrom spòrs a bhith againn	78	Cothrom spòrs a bhith againn	73
	76	Cothrom a bhith còmhla ri ar caraidean no coinneachadh ri caraidean ùra	53
Tha iad gar cuideachadh le bhith ag ionnsachadh			
Ag ionnsachadh sgilean ùra	64	Tha iad gar cuideachadh le bhith ag ionnsachadh	52
A' dol a dh'àiteachan is a' feuchainn rudan nach b' àbhaist dhuinn a bhith a' dèanamh	54	A' dol a dh'àiteachan is a' feuchainn rudan nach b' àbhaist dhuinn a bhith a' dèanamh	50
Cothrom a bhith còmhla ri ar caraidean no coinneachadh ri caraidean ùra	50	Ag ionnsachadh sgilean ùra	43
Tha iad a' toirt barrachd misneachd dhuinn	42	Tha iad a' toirt barrachd misneachd dhuinn	27
Cuidichidh iad sinn gus smaoineachadh air dè chòrdadh rinn a dhèanamh nuair a bhios sinn nas sine	29	Cuidichidh iad sinn gus smaoineachadh air dè chòrdadh rinn a dhèanamh nuair a bhios sinn nas sine	24

Thug 2,429 daoine òga bho àrd-sgoiltean barrachd fiosrachaidh seachad air carson a tha tursan sgoile cudromach dhaibh. Chithear na beachdan as cumanta gu h-ìosal.

Tha daoine òga ag ràdh gum bi tursan a' toirt cothrom dhaibh rudan ùra fheuchainn, cluinntinn mu dhòighean-smaoineachaidh eile agus àiteachan fhaicinn nach fhaiceadh iad mura b' e na tursan.

Tha e a' toirt cothrom dhut rudan fhaicinn is fheuchainn a bha thu a' smaoineachadh nach fhaigheadh tu cothrom fhaicinn is fheuchainn.

Tha iad a' leigeil leinn rudan ùra ionnsachadh agus a' toirt barrachd misneachd dhuinn gus bruidhinn air rudan.

Tha iad inntinneach agus a' toirt cothrom dhut ionnsachadh mu rudan agus rudan fheuchainn nach do dh'fheuch thu riamh agus a tha a' còrdadh riut.

'S fhìor thoil leam a bhith a' dol a dhiofar àiteachan leis an sgoil!!!

Tha tursan sgoile a' toirt cothrom do dhaoine rudeigin às an àbhaist a dhèanamh. Thuirt cuid a dhaoine òga gun robh iad toilichte a bhith air falbh bhon sgoil le cothrom rudeigin eile a dhèanamh seach ionnsachadh àbhaisteach agus, uaireannan, faochadh fhaighinn bho obair dhòrainneach is uallaichean na sgoile.

Tha thu a' faighinn cothrom a bhith air falbh bhon sgoil. Ged a tha thu fhathast ag ionnsachadh, chan eil thu a' sgrìobhadh gun sgrù agus chan eil d' eanchainn a' dol aig ceud mìle san uair fad an t-siubhail. Cuideachd, bidh cuimhneachain eile agad air an sgoil.

Tha an sgoil cho doirbh agus sgìtheil, tha e math latha a chur seachad air falbh bhon sgoil còmhla ri caraidean agus beagan ionnsachaidh ghnìomhaich a dhèanamh.

Tha tursan sgoile cudromach, oir bidh obair sgoile a' fàgail tòrr uallaich orm agus mar sin tha e cho math falbh air tursan gus faochadh a thoirt dhomh fhìn.

Chuir tòrr dhaoine fàilte air a' chothrom gus rudan taobh a-muigh an t-seòmair-theagaisg fhaicinn agus gus ionnsachadh ann an dòighean eadar-dhealaichte agus dòighean na bu spòrsail agus na bu ghnìomhaiche.

Tha e a' toirt cothrom dhut faighinn air falbh bhon sgoil gus ionnsachadh ann an àiteachan ùra a tha neo-àbhaisteach. Tha seo eadar-dhealaichte bho na h-àiteachan ionnsachaidh àbhaisteach nach eil cho math air ar n-inntinnean a dhùsgadh uaireannan.

Tha iad cudromach air sgàth 's gum bi thu a' dol a-mach agus a' dol an sàs sna rudan mu bheil thu ag ionnsachadh seach a bhith dìreach nad shuidhe aig deasg ag èisteachd.

Tha iad math oir chan eil thu san sgoil, ach tha thu fhathast ag ionnsachadh, agus tha sin a' sealltainn gu bheil barrachd an lùib foghlam na dìreach a bhith nad shuidhe ann an seòmair-teagaisg.

Tha daoine òga ag ràdh gu bheil tursan gan cuideachadh le bhith a' cur ris an eòlas a th' aca air cuid a chuspairean agus leis na planaichean aca airson tuilleadh ionnsachaidh a dhèanamh no dreuchd a thoirt a-mach.

Tha e a' toirt cothrom dhut do bhogadh fhèin ann an cuspair sònraichte a tha thu ag ionnsachadh agus gu pearsanta tha mi a' faighinn tuigse tòrr nas fheàrr bho sin seach dìreach a bhith a' gabhail notaichean.

Gus am faigh thu beachd air choreigin air na tha thu airson a dhèanamh nuair a bhios tu nas sine agus air na tha dhìth ort airson sin.

Bidh tursan a' cuideachadh le ionnsachadh agus le bhith a' togail ùidh am measg sgoilearan san ionnsachadh aca nuair a tha iad air ais san sgoil.

Faodaidh iad a bhith glè mhath airson brosnachadh a thoirt dhut.

Tha thu nas deònaiche rudan ionnsachadh oir tha spòrs agad agus tha thu a' cur eòlas air rudan ùra fhad 's a tha thu ag ionnsachadh.

Ma bhios beagan ùine agam air falbh bho na tha mi ag ionnsachadh san sgoil agus ma thèid mi air turas spòrsail, bidh mi air mo bhrosnachadh gu bhith ag obair gu cruaidh air a' chuspair sin.

A thuilleadh air a bhith a' cur ùine seachad còmhla ri caraidean, bidh tursan a' cuideachadh dhaoine òga gus ceanglaichean a thogail ri daoine ùra agus bidh iad a' cur ris an dàimh is an earbsa a tha eadar iad fhèin agus na tidsearan aca. Thuirt daoine òga gun robh na ceanglaichean sin cudromach dhaibh agus gan cuideachadh le bhith a' faireachdainn deiseil airson ionnsachadh san sgoil.

'S e sin an cothrom as iongantaiche a dh'fhaodas a bhith agad, oir tha thu còmhla ri do charaidean.

Tha e a' daingneachadh nan ceanglaichean eadar oileanaich is tidsearan, tha e a' cur ris an dàimh eatarra. Tha e a' ciallachadh gu bheil thu nas cofhurtaile a' bruidhinn ri tidsearan.

Tha e a' toirt cothrom dhuinn ceangal a thogail le sgoilearan eile ris nach bi sinn a' bruidhinn mar as trice, tha sinn a' faireachdainn nas fheàrr sa chlas an uair sin.

Ma tha cothrom aig daoine òga a dhol air turas sgoile, tha iad a' faireachdainn gu bheil iad air an gabhail a-steach ann an cùisean.

Cha bhi thu a' faireachdainn gu bheil thu air d' fhàgail a-mach nuair a thilleas a h-uile duine agus iad a' bruidhinn mu dheidhinn.

Chan eil mi airson a bhith a' faireachdainn gu bheil mi air m' fhàgail a-mach às.

Tha iad a' ciallachadh gu bheil mi mar phàirt de chùisean agus nach eil mi eadar-dhealaichte bho dhaoine eile.

Tha tursan sgoile cudromach, oir tha iad a' ciallachadh gu bheil thu a' faireachdainn mar phàirt dhen bhliadhna agad agus mar phàirt dhen sgoil.

Thuirt daoine òga gun robh tursan sgoile, gu h-àraidh tursan thall thairis, gu sònraichte feumail do dhaoine òga bho theaghlaichean nach urrainn an toirt air leithid a thursan iad fhèin.

Tha iad a' toirt cothroman dhuinn nach fhaigh sinn 's dòcha le ar teaghlaichean.

A chionn 's nach eil airgead gu leòr aig cuid a dhaoine airson falbh leis an teaghlach aca agus tha e nas saoire dhaibh falbh leotha fhèin [air turas sgoile].

Daoine nach urrainn a dhol dha na h-àiteachan sin leis an teaghlach aca, bu chòir gun urrainn dhan sgoil cothrom a thoirt dhan sgoilear sin falbh thall thairis agus eòlas a chur air dùthaich eile.

Bhruidhinn daoine òga air an diofar mhòr a dh'fhaodas e a dhèanamh nuair a gheibh iad taic airson a dhol air tursan sgoile a bhiodh ro dhaor dhaibh mura b' e an taic sin.

Tha iad a' toirt cothrom dhut eòlas a chur rudan ùra taobh a-muigh an taigh agad agus a dhol a dh'àiteigin gun a bhith a' gabhail dragh mun chosgais.

Gheibh thu cothrom rudan a dhèanamh a bhiodh 's dòcha ro dhaor dhut nad bheatha taobh a-muigh na sgoile.

Gus am faic thu rudan ùra (agus mura h-urrainn do chuideigin pàigheadh airson làithean-saora agus an uair sin tha an sgoil a' pàigheadh airson an turais aca, 's e cothrom air leth a tha sin).

Dè seòrsa thursan a bhios daoine òga a' gabhail?

B' iad tursan-latha gu àiteachan a tha faisg air làimh no tursan gu taighean-tasgaidh no gailearaidhean an seòrsa thursan a bu chumanta a bh' aig Bun-sgoiltean. Cha robh tursan thall thairis cumanta. Cha tuirt ach àireamh glè bheag de chloinn Bun-sgoile, 2%, nach robh tursan idir aca.

Chan eil tursan cho cumanta ann an Àrd-sgoiltean. B' iad tursan gu taigh-dhealbh no taigh-cluiche, gu tachartas no farpaisean spòrs agus gu taighean-tasgaidh no gailearaidhean na tursan a bu chumanta a dh'ainmich sgoilearan. Bha tursan thall thairis na bu chumanta ann an Àrd-sgoiltean agus thuirt 45% de dhaoine òga gum biodh leithid a thursan ann. Gu h-inntinneach, thuirt 20% de dhaoine òga nach bi gin de na seòrsaichean turais sin gan tabhann sna sgoiltean aca.

Clàr 6: An seòrsa thursan a bhithear a' tabhann ann an sgoiltean (4,415 luchd-freagairt: 584 Bun-sgoil, 3,831 Àrd-sgoil)

Dè seòrsa thursan a bhios an sgoil agad a' gabhail? Roghnaich na thogras tu de fhreagairtean.			
Bun-sgoil	%	Àrd-sgoil	%
Tursan-latha gu àiteachan a tha faisg oirnn	79	Tursan gu taigh-dhealbh no taigh-cluiche	51
Tursan gu taighean-tasgaidh no gailearaidhean	70	Tursan gu tachartas no farpaisean spòrs	50
Tursan far a bheil sinn a' fuireach an oidhche no nas fhaide na sin	65	Tursan gu taighean-tasgaidh no gailearaidhean	46
Tursan gu tachartas no farpaisean spòrs	64	Tursan thall thairis no gu dùthaich eile	45
Tursan de sheòrsa eile	60	Tursan far a bheil sinn a' fuireach an oidhche no nas fhaide na sin	32
Tursan gu taigh-dhealbh no taigh-cluiche	57	Tursan de sheòrsa eile	31
Tursan thall thairis no gu dùthaich eile	12	Chan eil mi cinnteach	23
Cha bhi gin dhiubh seo	2	Cha bhi gin dhiubh seo	20
Chan eil mi cinnteach	0	Tursan-latha gu àiteachan a tha faisg oirnn	10

Nam b' urrainn dhut a dhol a dh'àite sam bith, càite an deigheadh tu?

'S iomadh miann is moladh a th' aig clann is daoine òga a thaobh an t-seòrsa thursan sgoile a chòrdadh riutha. Dh'inns 3,166 dhiubh (509 Bun-sgoil, 2,657 Àrd-sgoil) dhuinn mu na tursan sgoile a b' fhior thoil leotha a ghabhail.

B' e an ceann-uidhe a b' fheàrr le sgoilearan Bun-sgoile An Fhraing, an uair sin 'àite sam bith thall thairis' agus measgachadh de dh'àiteachan san RA agus thall thairis, leithid Dhùn Èideann, An Spàinn, Iapan, Glaschu agus Blackpool. Tha na h-àiteachan air am b' fheàrr le sgoilearan Àrd-sgoile tadhal caran coltach ris an fheadhainn bun-sgoile: àite sam bith thall thairis, an uair sin Paris, An Spàinn, New York, An Fhraing, Alton Towers, Na Stàitean Aonaichte, Lunnainn agus Blackpool.

B' iad na h-àiteachan air am b' fheàrr le clann Bun-sgoile tadhal pàircean-dibhearsain, Legoland agus Alton Towers, an sù agus taghadh farsaing de thaighean-tasgaidh, ionadail is eadar-nàiseanta. B' iad na h-ath roghainnean a b' fheàrr leotha, tursan dhan taigh-dhealbh, geamannan ball-coise, pàircean trampoilin, campachadh agus an tràigh. Thuirt daoine òga san Àrd-sgoil gum b' iad geamannan ball-coise no tursan gu lannan-cluiche na seòrsaichean turais a b' fheàrr leotha, iad sin agus pàircean-dibhearsain, taighean-tasgaidh, sgitheadh agus an taigh-dhealbh.

Ged a tha cuid a roghainnean ann nach gabh a chur air dòigh le sgoil – *Bu thoil leam falbh air safari ann an Afraga agus turas dhan choille-uisge san Amason!* – bha tòrr de na tursan a chaidh a mholadh san RA no san Roinn Eòrpa agus rinn clann oidhirp mhòr mìneachadh a thoirt seachad air na buannachdan a gheibheadh iad bhon turas. Tha miann mhòr aig daoine òga airson a bhith a' dol thall thairis agus ùidh aca ann a bhith a' faicinn àiteachan ùra, a' coinneachadh ri daoine ùra agus a' cur eòlas air cultaran is cànanan eile.

An Fhraing, gus am faic mi beatha dhaoine san Roinn Eòrpa, agus bidh mi a' coiseachd timcheall Paris agus a' faicinn aodach fasanta. (Bun-sgoil)

A' dol gu taigh-tasgaidh ealain agus ag ionnsachadh mar a pheantas mi agus mar a thàirneas mi dealbhan coltach ri luchd-ealain ainmeil no a' dol a Pharis agus ag ionnsachadh mun chànan is eachdraidh aca, mu àiteachan agus cogaidhean a rinn iad agus 's dòcha a' dol gu taigh-tasgaidh ann am Paris. (Àrd-sgoil)

Dheidhinn a dh'Amsterdam gus taigh is taigh-tasgaidh Anne Frank fhaicinn airson barrachd ionnsachadh mu Anne Frank. Tha mi cho measail oirre. (Àrd-sgoil)

Bha tòrr de na molaidhean bho sgoilearan Àrd-sgoile co-cheangailte ri planaichean a bh' aca a thaobh ionnsachadh no obair san ùine ri thighinn.

Bu toil leam a dhol gu dùthaich far a bheil iad a' bruidhinn Spàinntis gus am faigh mi cothrom an cànan a bhruidhinn.

Auschwitz airson na h-eachdraidh, chuala mi gun robh iad a' beachdachadh air, ach cha do thachair e. Bhiodh e sgoinneil airson tuigse fhaighinn air an eachdraidh a tha sinn ag ionnsachadh san sgoil.

Bu mhath leam a dhol a dh'àite le prògramadh, oir tha mi gu math dèidheil air còdadh airson gheamaichean agus sgilean didseatach, air sàillibh, nuair a dh'fhàsas mi mòr b' fhiar thoil leam geamaichean bhidio a dhèanamh.

Bha ùidh aig tòrr dhaoine òga ann a bhith a' gabhail turas sa choimhearsnachd ionadail aca no gu àite faisg orra. Gu h-inntinneach, am measg cuid de na roghainnean a bu chumanta aig clann Bun-sgoile bha tursan a dh'fhaodadh a bhith air am faicinn mar thursan a bhiodh aig teaghlaichean 'gu h-àbhaisteach' leithid a' dol a shnàmh, dhan taigh-dhealbh no dhan tràigh.

Bu thoil leam a dhol a shnàmh no rudeigin nach dèan thu gach latha mar as trice.

Dhan taigh-dhealbh airson film math fhaicinn leithid an Lion King

Bhruidhinn cuid a luchd-freagairt Àrd-sgoile air cho math 's a bha e nuair a bha tursan na bu shaoire ann no tursan le subsadaidh mòr.

Tha mi a' dol a dh'fhaicinn Wicked san Dùbhlachd. Bha againn ri 30 not a phàigheadh, ach chosgadh an tiogaid barrachd na sin sa chiad dol a-mach, chanainn. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil sinn a' faighinn reòiteag an-asgaidh cuideachd, tha an sgoil a' pàigheadh.

Làithean-saora le carabhan faisg air làimh airson daoine nach fhalbh air plèana seach gu bheil an t-eagal orra no 's dòcha nach toil leotha a bhith a' siubhal astar fada. Nam falbhadh tu airson seachdain, dh'fhaodadh tu rudan ùra ionnsachadh is fheuchainn agus bhiodh spòrs agad. Tha e nas saoire cuideachd.

Bha cuid a luchd-freagairt a' bruidhinn air cosgaisean agus cho comasach 's a bhiodh e do dhaoine falbh air turas an àite a bhith a' bruidhinn air àite no turas sònraichte.

Rud sam bith mas urrainn dhomh pàirt a ghabhail.

Chan eil e gu diofar càite an tèid mi, fhad 's nach eil e ro dhaor.



Dealbhan le Martyna Marszalek, Aadrika Risal, Liliana Zamyslowska, Ese Otadua agus Eva Kelly bho Àrd-sgoil Holyrood, Glaschu

Dè thachras mura h-urrainn dhut falbh air tursan?

Tha mi a' smaoinichadh gum bu chòir dhaibh a bhith an-asgaidh – carson, gus am faigh a h-uile duine cothrom pàirt a ghabhail annta. (Bun-sgoil)

Tha luchd-ionnsachaidh Bun-sgoile agus Àrd-sgoile ag aontachadh a thaobh nan rudan as cudromaiche a bheir buaidh air daoine mura h-urrainn dhaibh pàigheadh airson tursan sgoile. Thuirte iad gur e a' bhuaidh as cudromaiche gum bi daoine a' faireachdainn brònach is nach eil iad mar phàirt dhen turas. 'S e na h-ath rudan as cudromaiche: chan fhaigh daoine cothrom rudan ùra fheuchainn, bidh iad air an nàrachadh, cha bhi uiread spòrs aca agus chan ionnsaich iad uiread 's a dh'ionnsaicheas daoine a thèid air tursan.

Clàr 7: A' bhuaidh a bhios ann mura h-urrainn do dhaoine falbh air turas ri linn na cosgais (4,286 luchd-freagairt: 591 Bun-sgoil, 3,695 Àrd-sgoil)

Tha turas sgoile gu bhith ann, agus tha dragh air Seonag nach bi airgead gu leòr aice airson a dhol ann. Dè thachras mura h-urrainn dhi a dhol ann? Roghnaich na 3 roghainnean as cudromaiche.


Roghainnean	Bun-sgoil	Àrd-sgoil
Bidh i a' faireachdainn brònach is nach eil i mar phàirt dheth	91%	85%
Chan fhaigh i cothrom rudan ùra fheuchainn	84%	51%
Bidh i air a nàrachadh	74%	51%
Cha bhi uiread spòrs aice 's a bhios aig na daoine a thèid air an turas	77%	37%
Chan ionnsaich i uiread 's a dh'ionnsaicheas daoine a thèid air an turas	57%	34%

Dh'fhaighnich sinn do chloinn Bun-sgoile: am b' urrainn dhan a h-uile duine san sgoil aca falbh, nam biodh iad airson, air turas mòr mar an turas-còmhnaidheach a bhios a' tachairt mar as trice air Clas 7?

Thuirte beagan a bharrachd air leth dhen fheadhainn a fhreagair gum b' urrainn dhan a h-uile duine falbh air turas mòr mar sin. Thuirte 11% dhen chloinn nach b' urrainn dhan a h-uile duine falbh. Gu h-inntinneach, thuirte còrr is trian dhen chloinn, 37%, nach robh iad cinnteach am b' urrainn dhan a h-uile duine dol ann.

Ìomhaigh 5: Beachdan air cho coltach 's a bhiodh e gum b' urrainn do dhaoine falbh air turas-còmhnaidheach P7 (578 luchd-freagairt Bun-sgoile)

Could everyone at your school go on a big trip like the P7 residential if they wanted to?



'S e adhbhar dòchais a th' ann gun robh còrr is leth dhen chloinn a' smaoinichadh gum b' urrainn dhan a h-uile duine falbh air an turas, agus coltas ann bho sin 's dòcha gun robh misneachd aca gun cuidicheadh pàrantan no an sgoil airson dèanamh cinnteach gum b' urrainn do chloinn falbh. A thaobh na cloinne nach robh cho cinnteach, dh'fhaodadh nach robh fios aca air an taic a gheibhear san sgoil aca airson chosgaisean mar seo. Ged a bhios fiosrachadh mar as trice ga thoirt do na pàrantan fhèin ann am Bun-sgoiltean, dh'fhaodadh e a bhith feumail fios a thoirt dhan chloinn cuideachd mu na thathar a' dèanamh gus dèanamh cinnteach gum urrainn dhan a h-uile duine falbh air tursan sgoile. Tha tòrr de chloinn is daoine òga mothachail air duilgheadasan le airgead san dachaigh bho aois òg, agus tha cunnart ann gun tòisich iad gun a bhith ag iarraidh pàirt a ghabhail ann an tachartasan is gnìomhan cosgail.

Bhruidhinn luchd-ionnsachaidh Àrd-sgoile air na cosgaisean airson tursan sgoile thall thairis.

Chòrdadh e rium gu mòr falbh air an turas eachdraidh, ach bidh e co-dhiù 550 not agus mar sin tha mi a' feuchainn ri nas urrainn dhomh a shàbhaladh feuch am faigh mi ann.

B' fheàrr thoil leam falbh a Pharis, dhan Eadailt no dhan Spàinn. Chòrdadh e rium cuideachd falbh air an turas a dh'Ameireaga a tha an sgoil a' cur air dòigh, ach tha e cho daor.

Tha mi a' smaoinichadh gum bu chòir dha na tursan thall thairis a bhith nas saoire.

Bha cuid a dhaoine òga cinnteach nach b' urrainn dhaibh falbh air leithid a thursan.

Chòrdadh e rium tadhal air dùthaich eile, ach tha e ro dhaor.

Bu thoil leam a dhol thall thairis – dhan Roinn Eòrpa. Chan urrainn dhuinn, ge-tà, chan eil airgead gu leòr againn.



Dealbhan bho Bhun-sgoil Ghleann Iucha

Gun tursan a bhith ann idir – am fuasgladh ceart airson co-ionannachd?

Bha luchd-ionnsachaidh Àrd-sgoile na bu bhuailtiche a bhith ag ràdh nach robh iad riamh air turas no nach biodh an sgoil aca a' tabhann thursan, gu h-àraidh tursan thall thairis.

Saoil am faigh mi turas sam bith thall thairis! Chòrdadh e rium gu mòr falbh air turas-còmhnaidheach agus 's e aon de na rudan nach eil cho math mun sgoil againn nach bi sinn a' dèanamh mòran dhiubh. B' fhiòr thoil leam falbh air turas thall thairis! A dh'àite sam bith!

Chaidh a h-uile turas sgoile thall thairis a chur dheth no bha iad cho daor ri linn Covid, mar sin tha mi a' smaoineachadh gum bu chòir dhuinn cothrom fhaighinn a-nis.

Tha cuid a dhaoine òga ag ràdh gu bheil seo air tachairt air sgàth 's gu bheil na sgoiltean no ùghdarrasan ionadail aca air co-dhùnadh a dhèanamh gu bheil e mì-chothromach leithid a thursan a chumail mura h-urrainn dhan a h-uile pàirt a ghabhail annta. Chaidh na co-dhùnaidhean sin a dhèanamh airson co-ionannachd agus airson gum bi a h-uile duine air an gabhail a-steach, ach thuirt corra neach òg gur e briseadh-dùil a bh' ann.

Cha bhi, cha bhi sinn a' falbh air na tursan air sàillibh nach bi e "co-ionann".

Chòrdadh e rium falbh thall thairis. B' àbhaist tursan a bhith againn a dh'Amsterdam, Paris, Ceann a Deas na Frainge agus New York, ach cha leig a' chomhairle leinn a-nis.

An Fhraing/An Eadailt, b' àbhaist dhan sgoil a bhith a' dol an sin, ach cha bhi sinn fiù 's a' bruidhinn mu dheidhinn na làithean seo, oir tha iad ag ràdh mura h-urrainn do chuideigin pàigheadh air a shon, cha bhi duine sam bith a' dol ann.

Mura h-eil tursan ann, tha sin a' ciallachadh nach bi duine sam bith air am fàgail a-mach ri linn teachd-a-steach an teaghlach aca. Tha e cuideachd a' ciallachadh gu bheil a h-uile neach a' call a-mach air cothroman prìseil, a' gabhail a-steach clann is daoine òga bho dhachaighean le teachd-a-steach ìosal. Bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile duine air na buannachdan a gheibhear bho thursan sgoile, tro mhaoineachadh a nithear cinnteach gum bi cothrom aig barrachd dhaoine orra, an àite a bhith a' dèanamh co-dhùnadh nach fhaigh duine òg sam bith cothrom orra.

Ciamar a bhios sgoiltean a' cuideachadh le tursan?

Bidh tòrr sgoiltean a' dèanamh oidhirp mhòr gus lùghdachadh a thoirt air, no cur às do, chnapan-starra co-cheangailte ri teachd-a-steach a bhios a' cur stad air daoine bho bhith a' dol air tursan sgoile a bheir cothroman prìseil dhaibh. Dh'inns 2,672 luchd-freagairt (531 Bun-sgoil, 2,141 Àrd-sgoil) dhuinn mu na bhios na sgoiltean aca a' dèanamh gus daoine a chuideachadh a bhith a' dol air tursan sgoile.

Thuir 42% de dhaoine òga bho Àrd-sgoiltean, a fhreagair a' cheist seo, nach robh fios aca air dad a bhiodh an sgoil aca a' dèanamh gus cuideachadh le tursan. Thuir 21% eile dhiubh 'cha bhi' no 'chan eil cuideachadh ri fhaotainn'. Dh'fhaodadh sin a bhith a' ciallachadh nach robh taic ann, no nach robh fios aig na daoine òga a fhreagair air an taic a bh' ann. Tha sin a' sealltainn gum feumar deagh chonaltradh a dhèanamh mun taic a gheibhear ma tha sinn ag iarraidh gum faigh clann buannachdan aiste.

Tha an aon seòrsa taice ri faotainn ann am Bun-sgoiltean agus Àrd-sgoiltean, agus leis an taic sin bithear mar as trice ag amas air cosgaisean nan tursan a phàigheadh no a lùghdachadh gus an urrainn do dhaoine òga a dhol orra.

Dh'inns daoine òga dhuinn mu na tursan a tha an-asgaidh sna sgoiltean aca, an dàrna cuid dhan a h-uile duine no do chuid a dhaoine.

Bidh iadsan a' pàigheadh air a shon airson a h-uile duine a chuideachadh. (Bun-sgoil)

Tha na daoine a gheibh biadh-sgoile an-asgaidh cuideachd a' faighinn cothrom air tursan an-asgaidh. (Àrd-sgoil)

Bidh an sgoil againn a' dèanamh cinnteach gun urrainn dhan a h-uile neach òg pàirt a ghabhail ann an tursan sgoile às bith dè an suidheachadh a th' aca. (Àrd-sgoil)

Bidh cuid a sgoiltean a' cur thursan nas saoire no le subsadaidh air dòigh.

Bidh iad ga thabhann an-asgaidh no aig prìs nas saoire gus am bi airgead gu leòr aca [no gus nach bi feum aca air airgead sam bith] airson a dhol air an turas feuch an urrainn dhaibh pàirt a ghabhail anns na rudan spòrsail còmhla ri an caraidean sgoile. (Bun-sgoil)

Feuch ri tursan a chur air dòigh a dh'àite ionadail a tha air an làn-mhaoineachadh no a tha gu math saor. (Àrd-sgoil)

Ma tha sinn a' faighinn biadh-sgoile an-asgaidh, gheibh sinn cuideachadh leis na cosgaisean. (Àrd-sgoil)

Bithear uaireannan a' togail airgead sa choimhearsnachd no a' faighinn thabhartasan bho ghnòthachasan ionadail gus cosgaisean a lùghdachadh.

Bidh sinn a' togail airgead mu choinneimh thursan agus rudan spòrsail eile nach eil clann ag iarraidh a chall. (Bun-sgoil)

Bidh cuid a sgoiltean a' cur phlanaichean pàighidh air dòigh no a' leigeil le daoine cosgaisean a phàigheadh mean air mhean thar ùine gus am bi e nas fhasa do theaghlaichean dèiligeadh ris na cosgaisean, agus bidh cuid a sgoiltean a' toirt taic seachad airson nan rudan eile a bhios a dhìth air tursan, leithid mhàileidean, aodach no stuthan-ionnlaid.

Thug daoine òga bho Àrd-sgoiltean iomradh air cuideachadh bho luchd-obrach.

Bidh iad ag innse dhut gum faod thu bruidhinn riutha mu na duilgheadasan airgid agaibh aig an taigh, cuidichidh iad thu.

Cha bhi iad ga dhèanamh follaiseach ma tha thu feumach air taic agus bidh iad a' feuchainn ri do chuideachadh gus pàigheadh air a shon.

Thug clann Bun-sgoile iomradh air taic bho Chomhairle nam Pàrant airson tursan agus air bhòtadh airson airgead bhon Bhuidseat Chom-pàirteachaidh a chleachdadh airson pàigheadh airson tursan.

Phàigh Comhairle nam Pàrant airson pàirt de ar tursan. Cha do phàigh pàrantan dad sam bith an-uiridh.

A thuilleadh air taic do dhaoine gus an urrainn dhaibh falbh air tursan, dh'ainmich daoine òga rudan eile a ghabhadh dèanamh an àite thursan mar sheachdainean chur-seachad agus bùithtean-obrach san sgoil.

Nas urrainn do Riaghaltas na h-Alba a dhèanamh airson dèanamh cinnteach gum bi na h-aon chothroman aig daoine òga air tursan sgoile

Tha e follaiseach gu bheil tòrr ga dhèanamh aig ìre na sgoile gus taic a thoirt do dhaoine òga le tursan sgoile. Bithear gu tric a' cleachdadh Maoineachadh Co-ionannachd airson Sgoilearan (MCS) airson sin. Ge-tà, bidh diofar ìrean de thaic ann a rèir a' mhaoineachaidh a th' ann, càite a bheil an sgoil ann an Alba agus an seòrsa thursan a bhios gach sgoil a' tabhann.

Dh'inns 2,164 luchd-freagairt Àrd-sgoile dhuinn mu na bha iad a' smaoinichadh a ghabhadh dèanamh aig ìre nàiseanta gus dèanamh cinnteach nach cuir teachd-a-steach na dachaigh aca stad air daoine òga bho bhith a' falbh air tursan. Bha tòrr de na molaidhean a' buntainn ri maoineachadh bhon riaghaltas. Bha daoine òga gu làidir dhen bheachd gum bu chòir barrachd maoineachaidh a bhith ann airson tursan. Bha eadar-dhealachadh ann eadar an luchd-freagairt a bha a' moladh gum bu chòir tursan a mhaoineachadh airson a h-uile duine, gus am faigh a h-uile duine taic, agus an fheadhainn a bha a' moladh barrachd maoineachaidh gus am faigh daoine òga nach urrainn pàigheadh airson tursan cothrom co-ionann orra. Mhol cuid a dhaoine òga maoin no tabhartas sònraichte airson tursan sgoile.

Thoir poileasaidh ùr a-staigh far am bi an riaghaltas a' pàigheadh airson tursan sgoile.

Dèan cinnteach gu bheil na tursan an-asgaidh dhan a h-uile duine feuch nach bi duine sam bith a' call a-mach agus gun urrainn dhan a h-uile duine falbh agus gus nach caill thu foghlam a thaobh nan rudan a thu ag ionnsachadh.

Tha mise a' smaoineachadh gum bu chòir dhan riaghaltas pàigheadh airson tursan do dhaoine aig nach eil uiread de dh'airgead – chan eil e ceart idir gum daoine air am fàgail a-mach dìreach seach nach eil airgead aca.

Gum bi sgeama maoinachaidh ann do dhaoine a bhiodh a' call a-mach, chan e coire a' phàiste a th' ann nach eil airgead gu leòr aca agus tachraidh sin gu cinnteach agus mar sin feumaidh iad dèiligeadh ris ann an dòigh nas fheàrr.

Thuir daoine òga gun cuidicheadh seo le bhith a' dèanamh cinnteach nach biodh daoine air an nàrachadh, a' gabhail dragh agus a' call a-mach air cothroman cudromach.

Bu chòir dhan riaghaltas pàigheadh airson nan tursan gus nach fheum duine sam bith pàigheadh agus gus nach bi daoine air an nàrachadh seach nach urrainn dhaibh pàigheadh.

Cuideachadh do sgoiltean gus pàigheadh airson tursan gus nach fheum clann uiread de dhragh a ghabhail mu bhith a' pàigheadh.

A' pàigheadh airson co-dhiù feadhainn de na tursan sgoile airson dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann an turas sgoile agus nach bi daoine air am fàgail a-mach.

Tha iad ag ràdh nam biodh barrachd maoinachaidh ann nach fheumte tursan sgoile a chur dheth air adhbharan co-ionannachd.

Thoir barrachd maoinachaidh seachad gus an gabh barrachd thursan foghlaim is thursan le beagan dibhearsain a chur air dòigh, an uair sin cha bhi na sgoiltean a' smaoineachadh nach fhaod iad tursan a thabhann seach gum bi iad ro dhaor airson teaghlaichean.

B' e moladh cumanta eile gum faodadh Riaghaltas na h-Alba barrachd airgid a thoirt do na teaghlaichean fhèin gus an cuideachadh le bhith a' pàigheadh airson tursan is chosgaisean sgoile eile. Rinn cuid a dhaoine òga molaidhean sònraichte a thaobh shuimeannan airson tèarainteachd shòisealta no suimeannan sònraichte eile do theaghlaichean le teachd-a-steach ìosal gus an cuideachadh le bhith a' pàigheadh airson chosgaisean sgoile.

Thoir airgead an-asgaidh do dhaoine aig nach eil mòran airson turas sgoile gus am faigh a h-uile pàiste cothrom às bith dè tha a' dol aig an taigh.

Thoir leudachadh air an t-Sùim Albannach airson Pàiste agus EMA

Thoir airgead do dhaoine aig a bheil feum air, gu h-àraidh ma tha clann aca

Tha cuid a dhaoine airson gun cuidich Riaghaltas na h-Alba le bhith a' lùghdachadh chosgaisean airson tursan.

A' lùghdachadh cosgais nan tursan agus a' tuigsinn nan duilgheadasan aig daoine.

Thoir tabhartasan sgoile seachad agus thoir leudachadh air buidseatan sgoile, cuir air dòigh gum bi còmhhdail is tursan gu taighean-tasgaidh an-asgaidh gus am bi a h-uile duine a' faireachdainn gun urrainn dhaibh ionnsachadh.

Stèidhich seirbheisean còmhhdail nas fheàrr gu taighean-tasgaidh etc, a tha an-asgaidh, thoir biadh seachad sna h-àiteachan sin.

Bha cuid a dhaoine a' smaoineachadh gum bu chòir do Riaghaltas na h-Alba sgoiltean a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh a' mhaoineachaidh aca gus daoine òga a chuideachadh le bhith a' faighinn cothrom a dhol air tursan.

Bu chòir do sgoiltean a bhith a' cuideachadh le bhith a' pàigheadh airson tursan is a' tabhann thursan an-asgaidh nas trice.

Iarr air sgoiltean feadhainn de na h-oileanaich a chuideachadh.

Bha beachdan làidir aig cuid a dhaoine òga air mar a bu chòir do Riaghaltas na h-Alba is na RA airgead a thogail agus taic a thoirt do theaghaichean. Am measg nam molaidhean aca bha cìsean nas àirde airson daoine a tha a' cosnadh barrachd, a' toirt àrdachadh air pàigheadh dhaoine agus a' lùghdachadh chosgaisean bith-beò.

Sguir a chur prìsean na bùtha suas agus cuir tuarastalan an àird, oir a tha a h-uile rud ro dhaor airson daoine àbhaisteach.

Dh'fhaodadh iad barrachd obraichean a chruthachadh, oir an uair sin bidh obair aig barrachd phàrantan agus 's urrainn dhaibh pàigheadh airson tursan.

Sa chiad dol-a-mach, stèidhich siostam shochairan a tha nas fhasa a thuigsinn agus nach eil cho biurocratach dha na daoine a tha a' feuchainn ri beatha nas fheàrr fhaighinn dhaibh fhèin.

Agus ged a bha a' mhòr-chuid de fhreagairtean a-mach air fuasglaidhean a gheibhear le maoineachadh, bha molaidhean practaigeach agus aig ìre na sgoile aig daoine eile a chuidicheadh le bhith a' lùghdachadh chosgaisean agus a' tabhann barrachd thursan sna sgoiltean aca, molaidhean leithid a' dol gu taighean-tasgaidh a tha an-asgaidh agus sgeamaichean far am b' urrainn do bhuidhnean clàradh gus tursan an-asgaidh a thabhann do sgoiltean. Am measg nam molaidhean practaigeach bha: ga dhèanamh nas fhasa do dhaoine cothrom fhaighinn air taic gus am faigh daoine òga is teaghaichean an cuideachadh a tha a dhìth orra.

Dèan cinnteach gu bheil fios aig sgoilearan agus na pàrantan aca air mar a gheibh iad cuideachadh le bhith a' pàigheadh airson rudan no air cothroman air tursan an-asgaidh, dèan cinnteach gu bheil e furasta dhaibh an taic sin fhaighinn.

Faighnich de dhaoine agus dèan cinnteach gu bheil iad a' faireachdainn gum faod iad a ràdh! 'S dòcha gum bi nàire orra, ach mura can iad dad, 's dòcha gum bi aithreachas orra.



Dealbh bho Bhun-sgoil Ghleann Iucha

6. Molaidhean Matha a thaobh Cosgais an Latha Sgoile

Bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile neach air latha san sgoil. (Bun-sgoil)

'S e a th' ann am Molaidhean Matha a thaobh Cosgais an Latha Sgoile gnìomhan a bhios a' cur às do chnapan-starra co-cheangailte ri cosgaisean agus a chuidicheas a h-uile pàiste is neach òg le bhith a' gabhail pàirt agus ag ionnsachadh san sgoil ann an dòigh a tha co-ionann, às bith dè an teachd-a-steach a th' aig an teaghlach aca. Fhuair sinn 364 Molaidhean Matha Bun-sgoile agus 1,589 Molaidhean Matha Àrd-sgoile.

Sna Bun-sgoiltean, b' e am Moladh Math a bu chumanta a bh' aca biadh an-asgaidh aig àm-lòin agus aig àm-pleidhe.

Bu chòir dhan a h-uile neach biadh fhaighinn an-asgaidh san sgoil

Measan san t-seòmar-theagaisg air eagal nach eil airgead gu leòr aig cuideigin airson barrachd bìdh

Thugadh iomradh gu tric air togail-airgid mar dhòigh gus cosgaisean a lùghdachadh. Bha tòrr mholaidhean aig a' chloinn, leithid tachartasan-ruith gus airgead a thogail, a' reic chèiceannan, a' coiseachd le bòtannan ort, a' seinn laoidhean Nollaig agus a' togail airgead sa choimhearsnachd gus nach fheumar iarraidh air teaghlaichean airgead a phàigheadh, nach eil aca math dh'fhaodte.

Bha Molaidhean Matha aig clann gus cuideachadh le cosgaisean èididh-sgoile. Bha iad a' smaoineachadh gum b' e beachd math a bhiodh ann nam biodh an t-èideadh-sgoile an-asgaidh no co-dhiù na bu shaoire.

Uair sa bhliadhna, thoir èideadh-sgoile is botail-uisge sgoile seachad an-asgaidh agus a h-uile càil a bhios a dhìth oirnn.

Bha clann a' moladh smaoineachadh air fuasglaidhean far an gabh aodach ath-chleachdadh, agus iad a' moladh chothroman gus iomlaid a dhèanamh air aodach, rèilichean-aodaich agus aodach airson tachartasan ràitheil.

Tha rèile-aodaich aig an sgoil againn, agus airson na Nollaig agus Oidhche Shamhna tha sinn ag iarraidh air daoine an seann aodach-brèige aca agus na seann gheansaidhean Nollaig aca a thoirt a-staigh.

Tha fios aig teaghlaichean mun bhùth-iomlaid againn far am faigh thu biadh is aodach an-asgaidh.

Bha molaidhean aig clann Bun-sgoile gus cothrom nas fheàrr a thoirt dhan a h-uile duine air tursan sgoile. B' e am moladh a bu chumanta tursan a thabhann an-asgaidh no co-dhiù dèanamh cinnteach gum bi *"Turas sgoile an-asgaidh aig a h-uile clas!"* Am measg nam molaidhean na bu mhionaidiche gus sin a thoirt gu buil bha barrachd maoineachaidh bhon riaghaltas agus fuasglaidhean eile leithid tursan ionadail nas saoire no nas giorra.

Bha clann Bun-sgoile dhen bheachd, agus iad a' smaoineachadh air cosgaisean sgoile san fharsaingeachd, gum bu chòir cur às do chosgaisean no lùghdachadh a thoirt orra gus clann, coltach ris a' character againn Somhairle, a chuideachadh seach nach urrainn dhaibh pàigheadh air an son.

Lùghdaich na cosgaisean air a shon, feuch ri dèanamh cinnteach gu bheil e a' faireachdainn gu bheil e air a ghabhail a-steach agus san aon suidheachadh ris a h-uile duine eile!

Bha molaidhean sònraichte aig cuid a chloinn a thaobh mar a dh'fheumadh Riaghaltas na h-Alba maoineachadh a thoirt do sgoiltean gus an cuideachadh le bhith a' lùghdachadh chosgaisean agus taic a thoirt do theaghlaichean aig a bheil teachd-a-steach ìosal.

Gum pàigh an riaghaltas airson chosgaisean airson biadh na sgoile agus uidheamachd sgoile.

Gun toir an riaghaltas airgead do theaghlaichean a tha feumach air.

Ged a b' iad seo na Molaidhean Matha Bun-sgoile a bu chumanta, bha tòrr mholaidhean feumail eile aig clann air am faodadh sgoil no ùghdarras ionadail sam bith beachdachadh, leithid bheachdan cuideachdail mu mar a ghabhadh feum a dhèanamh de mhaoineachadh, tabhartasan bhon choimhearsnachd agus cothroman an-asgaidh gus cuideachadh le cosgaisean.

'S e "am moladh math" againne, pasgan-fàilteachaidh le èideadh-sgoile agus fiosrachadh mun sgìre ionadail.

Bu chòir maoineachadh-èiginn a bhith aig a h-uile sgoil agus cha bhi daoine ag obair air daoine eile seach gu bheil iad ann am bochdainn.

Thoir seachad stuthan-sgrìobhaidh an-asgaidh, tursan an-asgaidh, èideadh-sgoile ath-chleachdte, botail-uisge, lòn is greimean-bìdh an-asgaidh, clubaichean às dèidh na sgoile an-asgaidh.

Aig ìre na h-Àrd-sgoile, b' e am Moladh Math a bu chumanta, lòn a thoirt seachad an-asgaidh dhan a h-uile neach.

Biadh an-asgaidh dhan a h-uile sgoilear, oir 's dòcha nach can iad dad mun airgead aca agus cha bhi fios agad.

Dèan cinnteach gum bi biadh-sgoile an-asgaidh airson a h-uile duine, cha bu chòir gum bi oileanaich a' gabhail dragh mu chosgais an latha sgoile no mu na tha a' tachairt san sgoil.

Mhol cuid a dhaoine òga, mura robh lòn an-asgaidh dhan a h-uile duine, gum bu chòir dha a bhith nas saoire no gum bu chòir an taic-airgid airson biadh an-asgaidh a leudachadh.

Biadh an-asgaidh no nas saoire, oir bha latha ann nuair nach do ghabh mi lòn oir bha agam ri uisge a cheannach agus mar sin cha b' urrainn dhomh biadh fhaighinn.

Lùghdaich cosgaisean biadh-sgoile gus an urrainn do dhaoine a gheibh biadh-sgoile an-asgaidh barrachd a cheannach no thoir àrdachadh air an taic-airgid a gheibh daoine airson biadh-sgoile an-asgaidh gus an urrainn dhaibh pàigheadh airson biadh san eadar-ùine agus aig àm-lòin.

Bha daoine òga a' moladh gum bu chòir biadh-sgoile an-asgaidh agus biadh eile a thabhann ann an dòighean far nach bi stiogma ann.

Dèan cinnteach nach bi e cho nàr mura h-eil airgead gu leòr agad airson lòn.

Dèan cinnteach nach eil stiogma ann le biadh-sgoile an-asgaidh agus taic, cuir air dòigh gum bi e nas fhasa dhan a h-uile duine taic/cuideachadh fhaighinn.

Às dèidh taic airson lòn, b' e an ath Mholadh Math Àrd-sgoile a bu chumanta, a' togail airgead gus pàigheadh airson nan cosgaisean aig teaghlaichean nach urrainn pàigheadh air an son. Bha na molaidhean aca coltach ris an fheadhainn a bh' aig a' chloinn Bhun-sgoile, a' reic bèicearachd, geamaichean agus làithean-fèille.

B' iad na h-ath Mholaidhean Matha a bu chumanta, tursan sgoile an-asgaidh, no nas saoire. Bha daoine òga bho Àrd-sgoiltean airson gum biodh daoine nas mothachaile air an taic a gheibhear agus gum biodh maoineachadh a dh'aona-ghnothach ann airson cuideachadh le cosgaisean nan tursan.

Ar Moladh Math – gum bi tursan nas saoire agus gum bi e nas fhasa bruidhinn ri tidsearan mu dheidhinn.

Gheibheadh Seonag cuideachadh bhon riaghaltas nan toireadh iad maoin dhan sgoil airson tursan.

Sna Molaidhean Matha aca, bha daoine òga, san fharsaingeachd, a' moladh na cosgaisean sgoile uile a lùghdachadh no cur às dhaibh. Thuirt iad gun cuidicheadh barrachd maoineachaidh do sgoiltean iad le bhith a' pàigheadh airson chosgaisean is a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh.

Thoir lùghdachadh air cosgais iomlan an latha sgoile.

Bheir an riaghaltas beagan a bharrachd airgid dhan sgoil airson daoine nach urrainn rudan a cheannach san sgoil.

Dìreach barrachd airgid san fharsaingeachd ga thoirt do sgoiltean, fiù 's ged a dh'fheumadh tu cisean a chur suas airson daoine aig a bheil barrachd airgid.

Bu chòir dhan riaghaltas airgead a chomharrachadh airson taic a thoirt do theaghlaichean a tha ga fhaighinn doirbh cosgaisean sgoile a phàigheadh, dh'fhaodadh iad an cuideachadh le bhith a' pàigheadh airson tursan, biadh-sgoile agus rudan mar sin.

Le cuid de na Molaidhean Matha, bhathar ag ràdh gu bheil e cudromach gum bi daoine òga a' faireachdainn gu bheil iad air an gabhail a-steach ann an cùisean, toilichte agus mar phàirt de shaoghal na sgoile.

Cuir siostaman air dòigh gus am bi a h-uile neach air an gabhail a-steach às bith dè na th' ann de dh'airgead a th' aca.

Thoir cothrom dhan a h-uile duine gus na h-aon rudan a dhèanamh.

Tha daoine òga ag ràdh, ma thathar a' dol a choileanadh an amais seo, gu bheil conaltradh math agus inbhich earbsach cudromach, tha agus gum bi daoine air feadh coimhearsnachd na sgoile mothachail air bochdainn agus gum bi taic ann.

Dèan barrachd bruidhinn mu bhochdainn agus mun bhuaidh a th' aice air daoine.

Bruidhinn ri oileanaich agus inns dhaibh ma tha trioblaid ann gum bi an sgoil ann daonnan airson taic a thoirt dhaibh.

Dèan sanasachd air na siostaman taice, oir dh'fhaodadh nach eil fios aig tòrr dhaoine mu na siostaman taice sin, oir chan eil iad air an sanasachd uiread 's a bu chòir dhaibh.

Mu dheireadh, bha Moladh Math aig daoine òga gus barrachd airgid a thoirt do theaghlaichean a tha feumach air.

Dèan cinnteach nach eil teaghlach sam bith ann a bhios air an nàrachadh seach nach urrainn dhaibh pàigheadh airson rudan – thoir airgead dha na teaghlaichean sin airson na sgoile.

Thoir taic do theaghlaichean aig a bheil duilgheadasan airgid.

7. Co-dhùnaidhean

Sna freagairtean aca dhan Cheist Mhòir, tha clann is daoine òga air rudan a chomharrachadh a chuidicheas daoine a bhith deiseil airson ionnsachadh agus le bhith a' faighinn cothrom air biadh agus tursan sgoile, agus chomharraich iad na bhios a dhith ann an sgoiltean agus bho Riaghaltas na h-Alba gus dèanamh cinnteach gum bi an cuideachadh sin ann.

Gus a bhith deiseil airson ionnsachadh, tha clann is daoine òga ag ràdh gur e a tha a dhith orra san dachaigh aca cadal, blàths, aodach, biadh, taic agus gun a bhith fo dhragh no uallach. San sgoil, tha iad ag iarraidh gum bi àrainneachd shàbhailte is in-ghabhalach ann làn coibhneis is spèis agus sa bheil dàimh thaiceil aca ri diofar dhaoine, agus far am faigh iad biadh gu leòr agus far an urrainn dhaibh làn-phàirt a ghabhail ann an cùisean agus gach goireas riatanach aca. Tha iad ag iarraidh gum faigh iad teagasg brosnachail a bhios a' frithealadh air na feumalachdan aca agus àiteachan socair, sàbhailte sam faod iad ionnsachadh còmhla ri inbheach earbsach agus gum bi caraidean aca airson beagan dibhearsain agus a bhios ag ionnsachadh còmhla riutha.

Tha clann is daoine òga air innse dhuinn mu cho cudromach 's a tha biadh dhaibh a thaobh an ionnsachaidh aca, nan cothroman com-pàirteachaidh aca is math nan sgoilearan san sgoil. Tha iad ag ràdh gum bi acras a' toirt droch bhuaidh air an ionnsachadh aca agus air na comasan aca gus aire a chumail air an ionnsachadh sin. Tha e a' toirt buaidh air an t-slàinte chorporra is inntinn aca agus air math is faireachdainnean dhaoine agus air mar a bhios iad a' faireachdainn gu bheil no nach eil iad mar phàirt dhen sgoil.

Tha clann is daoine òga air innse dhuinn gu bheil tursan sgoile cudromach, agus carson a tha iad cudromach. Thuirt iad gum bi tursan a' toirt cothrom dhaibh eòlas a chur air rudan ùra, barrachd rudan ionnsachadh agus ionnsachadh ann an dòighean eadar-dhealaichte, spòrs a bhith aca, a dhol a dh'àiteachan agus rudan ùra fheuchainn air nach fhaigheadh iad cothrom gu h-àbhaisteach agus thuirt iad gum bi iad a' faireachdainn gu bheil iad mar phàirt de chùisean san sgoil. Mura h-urrainn dhaibh a dhol air tursan, bidh iad a' faireachdainn brònach agus nach eil iad mar phàirt de chùisean, chan urrainn dhaibh rudan ùra fheuchainn, bidh iad air an nàrachadh agus cha bhi uiread spòrs no cothroman ionnsachaidh aca 's a bhios aig daoine a thèid air na tursan.

Tha teachd-a-steach theaghlach a' toirt buaidh nach beag air na cothroman a th' aig daoine air biadh, tursan agus tòrr de na rudan a tha daoine òga ag ràdh a chuidicheas iad gus a bhith deiseil airson ionnsachadh. Tha sin a' ciallachadh gu bheil cunnart ann gum bi daoine òga bho dhachaighean aig a bheil teachd-a-steach ìosal nas buailtiche a bhith às aonais pàirt dhen taic no cuid de na nithean a tha gan cuideachadh gus a bhith deiseil airson ionnsachadh, a' gabhail pàirt ann an cùisean agus a bhith toilichte san sgoil.

Tha tòrr sgoiltean gu math mothachail air na cnapan-starra a th' ann airson clann le teachd-a-steach ìosal, agus bidh iad a' feuchainn ri cur às dhaibh nuair as urrainn dhaibh. Chomharraich clann is daoine òga taghadh farsaing de ghnìomhan feumail a nì cinnteach gu bheil co-ionannachd ann san sgoil aca a ghabhas a cho-phàirteachadh le sgoiltean eile agus bhon urrainnear ionnsachadh. Ge-tà, bidh diofar sgoiltean a' tabhann diofar ìrean de thaic, agus sin an crochadh air diofar chùisean agus thuirt cuid a dhaoine òga nach robh iad daonnan cinnteach dè an taic a bha ri faighinn.

Tha na nithean aig ìre na sgoile a thaobh co-ionannachd a' dèanamh diofar do chloinn is daoine òga a h-uile latha. Ge-tà, tha beachdan is molaidhean aig clann is daoine òga a thaobh na dh'fheumas Riaghaltas na h-Alba a dhèanamh aig ìre nàiseanta gus dèanamh cinnteach gu bheil taic chunbhalach do bharrachd cloinne is dhaoine òga.

Feumar barrachd oidhirpean a dhèanamh, agus taghadh nas fharsainghe dhiubh, aig gach ìre gus bochdainn cloinne a lùghdachadh agus cur às do chnapan-starra ionmhasail a chuireas stad air daoine bho bhith a' gabhail chothroman ionnsachaidh, ma tha sinn airson gum bi builean nas fheàrr ann do chloinn is daoine òga air am bi bochdainn a' toirt buaidh.

8. Dè a-nis? An ath cheum

Ghabh còrr is 5,000 pàiste is neach òg bho air feadh Alba pàirt sa chiad Cheist Mhòir aig Cosgais an Latha Sgoile. Tha na beachdan is molaidhean aca cudromach do cheannardan sgoile, luchd-teagaisg, ùghdarrasan ionadail, buidhnean foghlaim, agus do luchd-poilitigs is luchd-poileasaidh a tha ag obair gus bochdainn cloinne a lùghdachadh, a' bheàrn eadar ìrean-coileanaidh a lùghdachadh agus builean nas fheàrr fhaighinn do chloinn is daoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh.

Air feadh na h-aithisge air a' Cheist Mhòir, tha e soilleir mar as urrainn do bhochdainn is teachd-a-steach ìosal buaidh a thoirt air beatha na cloinne is nan daoine òga, san sgoil agus taobh a-muigh na sgoile. Tha 240,000 pàiste (24% de chloinn) ann an Alba fhathast a' fulang fo bhuidheachd na bochdainne.¹⁸ Feumar ealla a ghabhail ri beachdan na cloinne is nan daoine òga agus ris na fuasglaidhean ealanta aca a thaobh cuid de nithean as cumanta a chuireas bacadh air ionnsachadh, agus feumar gnìomhan a chur an sàs mun coinneimh.

Gu h-ìosal tha liosta de ghnìomhan, stèidhichte air na dh'inns clann is daoine òga dhuinn, agus iad air an toirt seachad aig ìre sgoile, ionadail agus nàiseanta.

Tha clann is daoine air innse dhuinn mu na rudan a chuidicheas iad gu bhith a' faireachdainn gu bheil iad deiseil airson ionnsachadh agus mun taic a tha a dhìth gus cothrom a thoirt dhaibh air biadh is tursan san sgoil – dè eile as urrainn dhuinn a dhèanamh a thaobh seo sna raointean againn fhìn?

Aig ìre Riaghaltas na h-Alba

- A' cur gnìomhan an sàs gus bochdainn cloinne a lùghdachadh. Dèanaibh cinnteach gun urrainnear frithealadh air feumalachdan cloinne san dachaigh aca, agus gun urrainn dhaibh a bhith deiseil airson ionnsachadh nuair a thig iad dhan sgoil agus gu bheil e nas fhasa dhaibh a dhol an sàs agus pàirt a ghabhail ann an cùisean agus a bhith a' faireachdainn gu bheil iad mar phàirt de chùisean
- A' toirt barrachd taice do na teaghlaichean fhèin, aig a bheil teachd-a-steach ìosal, le cosgaisean sgoile
- A' toirt barrachd taice do sgoiltean is ùghdarrasan ionadail gus teaghlaichean a chuideachadh le cosgaisean sgoile
- A' cur gnìomhan an sàs a thaobh biadh-sgoile. Tha clann is daoine òga a' miannachadh gum bi adhartas ann leis an amas gum bi biadh-sgoile an-asgaidh dhan a h-uile neach aig gach ìre, an dà chuid ann am Bun-sgoiltean agus Àrd-sgoiltean
- A' cur gnìomhan an sàs a thaobh thursan sgoile. Èistibh ris na tha daoine òga ag ràdh mu cho chudromach 's a tha tursan sgoile dhan ionnsachadh aca agus do mhath dhaoine agus cumaibh ris a' ghealladh agaibh gus barrachd taice a thoirt do sgoiltean airson cuideachadh le bhith a' toirt cothrom do dhaoine orra
- A' cur gnìomhan an sàs a thaobh uidheamachd. Dèanaibh cinnteach gum bi na h-uidheaman agus an ceangal eadar-lìn a bhios a dhìth air clann is daoine òga gus ionnsachadh aca
- A' toirt taic is brosnachadh do dh'ùghdarrasan ionadail is sgoiltean gus na molaidhean a rinn daoine òga sa Cheist Mhòir a chur an sàs agus gus gach gnìomh eile as urrainn dhaibh a choileanadh airson lùghdachadh a thoirt air cosgais an latha sgoile agus taic a thoirt do theaghlaichean le teachd-a-steach ìosal

¹⁸ Riaghaltas na h-Alba [Bochdainn is Neo-ionannachd a thaobh Teachd-a-steach ann an Alba 2020-23, 21 Màrt 2024](#), 2024

- A' toirt bheachdan seachad air agus a' togail air molaidhean nan daoine òga a ghabh pàirt sa Cheist Mhòir agus dèanaibh cinnteach gun gabhar làn-ealla ri beachdan cloinne is dhaoine òga nuair a bhithear a' dealbh phoileasaidhean foghlaim is bochdainne.

Aig ìre nan ùghdarrasan ionadail

- A' dèanamh sgrùdadh air na thathar a' dèanamh san ùghdarras agus sna sgoiltean gus cosgais an latha sgoile a lùghdachadh – dè thathar a' dèanamh gu cunbhalach agus dè na beàrnan a th' ann?
- A' toirt taic dhan a h-uile teaghlach le conaltradh buadhach, taiceil mun taic ionmhasail a dh'fhaodas iad fhaighinn, leithid biadh-sgoile an-asgaidh
- A' beachdachadh air na ghabhas dèanamh gu h-ionadail a thaobh nam prìomh phuingeann a thog clann is daoine òga:
 - àiteachan ann an sgoiltean agus structar an latha sgoile
 - cothrom air tursan san sgìre ionadail
 - duilgheadasan a thaobh biadh san sgoil agus molaidhean gus prìsean a lùghdachadh agus na thathar a' tabhann de bhiadh an-asgaidh a leudachadh
- A' toirt taic do sgoiltean gus na molaidhean a thug clann is daoine òga seachad sa Cheist Mhòir a chur an sàs
- A' dèanamh cinnteach gu bheil obair chom-pàirteach ga dèanamh air feadh an ùghdarrais ionadail airson dèanamh cinnteach gum faigh sgoiltean taic le bhith a' dèiligeadh ri dùbhlain co-cheangailte ri bochdainn.

Aig ìre na sgoile

- A' dèanamh sgrùdadh air na thathar a' dèanamh gus cosgais an latha sgoile a lùghdachadh agus daoine a chuideachadh le bhith deiseil airson ionnsachadh – dè thathar a' dèanamh gu cunbhalach, dè na beàrnan a th' ann agus dè an taic a tha a dhìth?
- A' beachdachadh air na ghabhas dèanamh san sgoil a thaobh nam prìomh phuingeann a thog clann is daoine òga
 - A' toirt ghòireasan is taic seachad nuair nach eil na rudan a tha dhìth air daoine òga aca
 - Àrainneachdan is dòighean-obrach taiceil is sàbhailte ann an sgoiltean, far a bheil daoine òga a' faireachdainn gu bheil iad air an gabhail a-steach, gu bheil fàilte orra, gu bheil a' toirt spèis dhaibh agus ag èisteachd riutha agus far a bheil inbhich chòire ann bhom faigh iad taic
 - A' dèanamh cinnteach gun dèan teaghlaichean feum de na cothroman air biadh-sgoile an-asgaidh, tabhartasan airson èideadh-sgoile agus Maoineachadh Taice airson Foghlam
 - Conaltradh buadhach, taiceil leis a h-uile teaghlach mun taic ionmhasail a dh'fhaodas iad fhaighinn, leithid biadh-sgoile an-asgaidh
 - Bheirear seachad an taic is na subsadaidhean, airson pàirt a ghabhail ann an tursan sgoile is cothroman eile, ann an dòighean a nochdas urram do dhaoine
 - Bheirear cothrom do dhaoine air biadh air feadh an latha sgoile ann an dòighean a nochdas urram do dhaoine
 - Latha sgoile math, bho thoiseach an latha gu amannan eadar-ùine agus amannan eadar-ghluasaid
 - Àiteachan sàmhach, sìtheil air feadh na sgoile agus taic do dh'fheumalachdan dhaoine fa leth san t-seòmar-theagaisg
 - Bidh fios aig teaghlaichean is daoine òga air cò ris a bu chòir dhaibh bruidhinn mu dhuilgheadasan airgid no mu dhraghan mu chosgaisean, agus nithear sanasachd èifeachdach ann an sgoiltean air an taic a gheibhear

- Bidh daoine ann an coimhearsnachd na sgoile mothachail air bochdainn agus cùisean co-cheangailte ri co-ionannachd

Aig ìre Foghlam Alba

- A' toirt taic do sgoiltean is luchd-teagaisg gus a dhol an sàs san rannsachadh aig Cosgais an Latha Sgoile, agus gus feum a dhèanamh de ghoireasan is eisimpleirean de dheagh mhodhan-obrach
- Buidheann-sgrùdaidh ùr gus deagh mhodhan-obrach ann an sgoiltean a chomharrachadh is a cho-phàirteachadh, modhan-obrach a tha a' lùghdachadh chosgaisean agus a' toirt taic do chloinn agus teaghlaichean le teachd-a-steach ìosal.

Buidheachas

Ar taing dhan a h-uile pàiste is neach òg a fhreagair a' Cheist Mhòir agus a thug dhuinn uiread de mholaidhean is beachdan matha a dh'fhoillsich sinn san aithisg seo. Ar taing dhan a h-uile tidsear a chuidich an luchd-ionnsachaidh aca gus a' Cheist Mhòr a dhèanamh.

Ar taing do Fiona Wager, aig Seirbheisean Bun-rannsachail Foghlaim Riaghaltas na h-Alba agus dhan Luchd-rannsachaidh Oileanach aig SPIRU Julie Bell, Courtney Bunch, Aimee Chamshron, Sinead Dobbin, Alexandra Fleming, Collette Irving, Madeleine Lerpiniere, Caragh MacLeod, Clare Mhàrtainn, Elaine McCluskey, Hugh McGarvie, David McGoldrick, Susan McGovern, Cathryn O'Neill, Alex Robasdan, Manju Rowe, Steven Rowe, Jonah Secmezsoy-Gault agus Emma NicUilleim, airson an cuid taice leis a' mhion-sgrùdadh chàileachdail, agus iad ag obair fo stiùir an Ollaimh MacEanraig aig Oilthigh Cailleannach Ghlaschu.

Ar taing do na daoine òga agus an luchd-obrach bho Bhun-sgoil Boghall ann an Lodainn an Iar, Acadamaidh Achadh na h-Eirbhe ann an Siorrachd Àir a Tuath agus Àrd-sgoil Holyrood ann an Glaschu a chuidich sinn le bhith a' cruthachadh [film goirid air a' Cheist Mhòir agus toraidhean na h-aithisge seo](#).

Agus ar taing do na daoine òga bho Àrd-sgoil Holyrood ann an Glaschu agus Bun-sgoil Ghleann Lucha ann an Lodainn an Iar a rinn na dealbhan eireachdail a chithear san aithisg seo.

Mu BGBC ann an Alba

Bidh a' Bhuidheann-ghnìomh airson Bochdainn Cloinne (BGBC) ann an Alba ag obair airson na cloinne ann an Alba a tha a' fàs suas ann am bochdainn, sin aon an às gach ceathrar chloinne san dùthaich. Chan fheum cùisean a bhith mar sin. Bidh sinn a' dèanamh feum dhen tuigse a th' againn air na tha ag adhbhrachadh bochdainn agus air a' bhuidheann a th' aice air beatha chloinne gus a bhith ag iomairt airson phoileasaidhean a chuireas às do bhochdainn – gu bràth. Bidh sinn a' toirt trèanadh, comhairle agus fiosrachadh seachad gus dèanamh cinnteach gum faigh teaghaichean aig nach eil mòran airgid an taic ionmhasail a tha a dhìth orra.

